RT
M

Cogadh mòr na h-Eòrpa

NAOMHACHADH

MARSHALL

3 1761 09621420 0

Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sios
do'n fhairge air longan;
Chi iadsan gniomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Righ

Cò sgaras sinn o ghràdh Chriosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Criosd ar Tighearna.

Rom. viii. 35, 37-39.

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Taisb. xxii. 4.

Cogadh mòr na h-Eòrpa

NAOMHACHADH

MARSHALL

431603
16.1.45

Printed by Oliver and Boyd, Edinburgh, *for*

The Church of Scotland,

The United Free Church of Scotland, and

The Free Church of Scotland.

"The Gospel Mystery of Sanctification," by the Rev. Walter Marshall (1692), *translated and printed under the authority of a Joint Committee of the Churches, for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M.'s Forces.*

INTRODUCTION

It seems a long long time since the thunder of the guns broke the peace of the nations, and the struggle began which will decide the fate of the world. In the hour of battle it was never the way of the Highlander to keep to the back of the fray, and in our day the manhood of the Scottish Highlands has flocked to the colours. In every battle on sea and land our countrymen have borne a noble share. Where men fell thickest, there the tartan gleamed; where the enemy fled, there the piobrochd thrilled the blood. As the Highland Brigade breasted the slopes of the Alma, stern silence fell on the ranks until Sir Colin Campbell lifted his bonnet and they rushed on the foe with the slogan of victory; but all the glories of the days of old fade before the glory of our day. The mightiest military power in the world burst in mighty flood, wave after wave, seeking to over-

whelm that line of soul and iron that barred its way to world dominion, but, before the heroism that never flinched, it broke and wavered and crumbled. In those great hours when the soul of the world was saved, we are proud that our race bore nobly its part. When at Waterloo, Napoleon saw his ranks yield before the onslaught of the Highlanders, he did not restrain his admiration for his enemies, but exclaimed, "Les braves Ecossais"—"Brave, brave Scotsmen." As we think of the men who have died that we may live, what can we say but just that: "Brave, brave Fellow-Countrymen." And we say it with love and tenderness and a great feeling of gratitude in our hearts.

Which to admire most, the men who went forth to face death, or the parents and wives who gave them at their country's call, I know not. There was a boy of eighteen years from the Isle of Skye who gained the D.S.O. at Loos, and who, a year later, was killed. Regarding him the father wrote to a friend:—"His mother and I both know that though our boy had been spared to the threescore years and ten, he could never have achieved anything greater or nobler than he

achieved dying." And that was the spirit of all our Highland people. In no part of the British Empire has there been more losses of brave men than in the Highlands, but the sorrowing hearts are sustained by the overshadowing God. In these days men and women into whose hearts the iron has pierced are realising, as never before, "The Comforter which is the Holy Ghost."

It was to keep our men at the front in living touch with that life of the Spirit, which is the inheritance of their race, that a small Committee was formed in Edinburgh to supply them with Gaelic devotional literature. There was but little available of suitable form, so books were translated, or edited, representing what is best in the religious literature of the Gael. The burden of the work fell on the Rev. Donald Maclean, Free St Columba Church, Edinburgh, and the Rev. Malcolm MacLennan, D.D., St Columba U.F. Church, Edinburgh. To them the Highland sailors and soldiers owe the booklets which brought the message of the Everlasting Gospel in the language they love. They will not lose their reward.

Those who undertook the work of sending forth

the booklets will be amply rewarded if through the printed word there may come to the sailors on the deep or the soldiers in the trenches the fuller sense that God is with them. This terrible scourge of War has not been sent without a purpose. It is in the night that the stars arise and shine, and it is in the day, dark with affliction, that the vision of God arises on the soul. We had given ourselves to pleasure and to Mammon and were forgetting God, but our laughter has been hushed and our Mammon seen to be dross when the great and terrible day of the Lord dawned. We have learned once more through blood and tears that nothing is of any value in the world except to love God and to serve Him. There has come a new sense of the value of the power of prayer. We have cried to God like our fathers of old and He has heard us. At Bannockburn six hundred years ago, the Scots "full devoutly knelt down to pray; and a short prayer they made to God to help them in that fight." They prayed and they conquered. Thus has it always been. If, at the front, the men have prayed, at home prayer has ascended without ceasing. At the hour of worship, in the stillness of the quiet glen, the prayer has risen to the Father that the sons far

away might be shielded from the enemy of the body and the enemy of the soul. And because of these prayers in the Church and the home, the hearts of our soldiers have been garrisoned by the Spirit of God. They have not been forsaken nor have they been overwhelmed, and at last victory will be theirs.

When the battle for the soul of the world has been gained and the great army comes home again, it is our hope and our confidence that the men who have faced death for freedom and righteousness will, in the after days, prove themselves good soldiers of Jesus Christ. There will come, through this great visitation of God, many changes. Evils which have gnawed like a canker at the heart of the nation, we must destroy. The places which have been solitary and desolate must again be peopled. The altars of our God must again be reared in our homes. And it is the men who have looked death in the face, and have saved the Empire on the battle-field, who shall lead the nation hereafter into the promised land of love and righteousness. But there will be no promised land for any except for those who see the ancient guiding fires burn and shine, leading them on.

Our prayer at home for the men at the front is just this, that their eyes may not grow dim to the vision of God, and that, in life and death, the Everlasting Arms may be around them, and that, at last, should God spare them to come home, they may set themselves to establish the Kingdom of God and build up Jerusalem in this our beloved land.

NORMAN MACLEAN.

EDINBURGH,
November 1916.

A sheòldairean agus a shaighdeirean Gàidhealach !

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Criosd; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Criosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne:

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Criosd.

David Paul, D.D., LL.D.

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Alex. R. MacEwen, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

[illegible] Macdonald.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

An Clàr-ìnnsidh.

CAIB.		TAOBH-DUILLEIG
I.	Eòlas Air Fìor Shlighe na Naomhachd . .	1
II.	Buadhan Feumail Chum Beatha Naomh . .	5
III.	Naomhachd an Criosd	10
IV.	Creideamh Mar Mheadhon Aonaidh Ri Criosd .	25
V.	Cha 'n 'eil Feum Air Naomhachd Chum Còir Fhaotainn Air Criosd	33
VI.	Cha 'n 'eil Feum Air Naomhachd Mar Ullachadh Air a Bhi Creidsinn Ann an Criosd	36
VII.	Cha 'n 'eil Naomhachd Ach Ann an Aonadh Ri Criosd	40
VIII.	Cha 'n Urrainn Naomhachd a Bhi Aig Duine Gus an Gabh e Ri Comhfhurtachd an t-Soisgeil	45
IX.	Cha 'n Urrainn Naomhachd a Bhi Aig Duine Gun Tomhais De Dhearbhachd . . .	48
X.	Dleasdanas a Bhi Creidsinn	50
XI.	Naomhachd Tre Chreidimh	63
XII.	Meadhonan Naomhachd	86
XIII.	Oirdhearcas Na Slighe So Gu Naomhachd .	95

I

Eòlas Air Fior Shlighe Na Naomhachd

A chum gu 'n dean sinn na dleasdanasan naomhachd agus fìreantachd a tha air iarraidh oirnn anns an Lagh, feumaidh sinn, anns a' cheud àite eòlas fhaotainn air *a' mheadhon chumhachdach agus éifeachdach* leis an urrainn sinn ruighinn air inbhe cho àrd.

Is còir a chumail air chuimhne gur e nì *spioradail* a tha 's an naomhachd so (Rom. vii. 14). Tha e air fhaotainn, cha 'n ann a mhàin ann an oibribh diadhachd agus caoimhneis, ach ann an smuaintean, ann am mac-meamna, ann an aignidhean naomha, agus gu sonruichte ann an gràdh—an aon tobair as a bheil gach obair a tha taitneach do Dhia ag éirigh. Tha e air fhaotainn, cha 'n ann a mhàin ann a bhi seachnadh anamiann, ach ann a bhi gabhail tlachd ann an lagh Dhé, agus ann an ùmhlachd thoileach do Dhia, gun chànran gun ghearain.

Is còir a chumail air chuimhne, mar an ceudna, gu bheil lagh Dhé *ro fharsuinn.* Uime sin feumar a choimhead ann an dòigh a bhios co-ionnan farsuinn. Ma bhios Dia air a ghràdhachadh ann an dòigh a bhios cubhaidh feumaidh e bhi air a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe agus spiorad agus chumhachd. Feumaidh sinn a ghràdhachadh air dhòigh 's gu 'n toir sinn sinn fhìn suas dha gu h-iomlan a chum seirbhis a dheanamh dha an còmhnuidh, agus a chum gu 'n dean e a thoil ruinn mar ar Tighearna, co dhiùbh bhios sin le soirbheachadh no le mì-shoirbheachadh, le beatha no le bàs.

Is e an ùmhlachd iomlan spioradail so a' chrioch mhòr a tha againn anns an amharc. Mar sin feumar sùil a chumail air na meadhonan, oir tha mòran ann a tha meas nam meadhonan mar nì gun stà. Aon uair 's gu faic iad nàdur agus òirdhearcas dleasdanasan an lagha tha iad an dùil nach 'eil air ach sìneadh air an deanamh le dìchioll, mar sin a' deanamh barrachd cabhaig na adhartas. Tha iad ealamh air gealltainn, "Gach nì a labhair an Tighearna nì sinne" (Ecs. xix. 8), gun a bhi toirt smaoin air cunntadh na cosguis. Tha iad ag amharc air naomhachd mar am *meadhon* a chum na crìche, eadhon slàinte shiorruidh,

agus cha 'n ann mar *chrioch* mhòr innte fhéin. Is e their mòran an ceud thòiseachadh beatha dhiadhaidh, "Ciod am maith a nì mi chum gu faigh mi a' bheatha mhaireannach" (Mat. xix. 16). Cha 'n e, ciamar a bhios mi air mo dheanamh comasach air nì maith air bith a dheanamh? A chum nach tuislich thu air an stairsnich, feuchaidh mi ri shealltuinn dhuit nach leòr fios a bhi agad air suim agus aobhar do dhleasdanais, ach gu feum thu mar an ceudna eòlas fhaotainn air na meadhonan cumhachdach agus éifeachdach leis an teid agad air a dheanamh mu 'n tòisich thu air a chleachdadh.

Is e gràs Dhé a tha ann an naomhachadh, dìreach mar is e gràs a tha ann am fìreanachadh, agus tha e air a thoirt tre mheadhonan—tre theagasg leis a bheil sinn a' foghlum ni-eigin nach fhaic sinn as aonais an Fhacail (Gniomh. xxvi. 17, 18). Tha iomadh nì a bhuineas do bheatha agus do dhiadhachd a tha air an toirt tre eòlas (2 Pead. i. 1-3). Tha cumadh teagasg air a chleachdadh le Dia a chum daoine a chur saor bho pheacadh agus an deanamh 'n an seirbhisich fìreantachd (Rom. vi. 17, 18). Cha 'n fhaodar dearmad a dheanamh air an teagasg sin.

Tha eòlas cinnteach air na meadhonan cumh-

achdach agus éifeachdach sin ro fheumail a chum ar daingneachadh ann an cleachdadh naomh, oir cha 'n urrainn mòran dòchais a bhi againn ri soirbheachadh mur a bi earbsa againn ann an còmhnadh Dhé. Ach cha 'n urrainn sin a bhi againn mur a cleachd sinn na meadhonan a chomharraich Dia air son sin. Tha mòran chriosduidhean riaraichte le cleachdadh *corporra* a chionn nach do thuig iad a riamh ciamar a b'urrainn iad ruighinn air seirbhis *spioradail.* Tha mòran a' cur cùl ri slighe na naomhachd, is iad 'g a meas cruaidh, a chionn nach 'eil fhios aca ciamar a ghearras iad dhiubh fhéin an làmh dheas no a spionas iad an t-sùil dheas gun pian ro mhòr fhulang. Na 'm b' aithne dhaibh slighean a' ghliocais bhiodh fhios aca gur "slighean subhachais a slighean agus sìth a ceuman uile" (Gnàth. iii. 17). Tha mòran eile a' sìneadh air naomhachd le eud dian, agus a' ruith glé luath, ach gun a bhi toirt ceum air an t-slighe cheart. Agus an uair a tha iad a' faicinn gu bheil iad air am mealladh, agus a tha iad air an claoidh le ana-miann, tha iad a' toirt thairis.

II

Buadhan Feumail Chum Beatha Naomh

Tha buadhan sonruichte feumail a chum an t-anam a chur ann am fonn agus an staid naomha. Leis na buadhan sin tha an t-anam air ullachadh agus air a dheanamh comasach lagh Dhé a chur an cleachdadh air ball, agus sin, cha 'n ann a mhàin a chum tòiseachadh ach a chum buannachadh ann. Bha buadhan òirdhearc air am buileachadh air a' cheud Adhamh a chum a bhi beò ann an cleachdadh naomh; agus bha buadhan na bu ro-òirdhearc air am buileachadh air an darna Adhamh a chum ùmhlachd a thoirt ann an càs bu chruaidhe. Agus a chionn gu bheil ùmhlachd a nise air fàs cho duilich dhuinne, tre gach buaireadh dh'a bheil sinn buailteach an lorg tuiteam Adhaimh, tha feum againn air buadhan sonruichte, ma tha sinn gu bhi 'n ar luchd-leanmhuinn air Criosd, buadhan a bhios a dh'aon chuid cho maith, no na's fhearr, 's a bha aig Adhamh, agus sinn ann an càs na's cruaidhe na bha esan.

Anns a' cheud àite, tha feum againn air *cridhe a bhios so-aomaidh* ri dleasdanasan an lagha, a chum

ar cur ann am fonn agus ar deanamh comasach an cleachdadh air ball.

Tha dleasdanasan an lagha de leithid a nàdur 's nach urrainn iad a bhi air an deanamh ma tha gràinn aig a' chridhe orra, no ma tha an cridhe fuar, agus gun iarrtus air bith ann a chum an deanamh. Oir is e a' cheud àithne, an Tighearna a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe neart agus anam—gu 'n gràdhaich sinn gach nì a tha ann an Dia—gu 'n gràdhaich sinn a thoil agus a shlighean, agus gu 'n gabh sinn tlachd annta mar nithean a tha maith. Feumaidh gach dleasdanas a bhi air a dheanamh fo bhuaidh a' ghràidh so. Feumaidh sinn tlachd a ghabhail ann an toil Dhé—feumaidh e bhi na 's mìlse dhuinn na a' mhil, na cìr-mheala. Agus feumaidh an gràdh agus an tlachd so, am miann agus a' mhìlseachd so, buanachadh gus a' chrioch: agus feumaidh a' cheud ghluasad gu ana-miann a bhi air a thoirt fo riaghladh gràdh do Dhia agus do ar coimhearsnach. Feumaidh gràdh do Dhia a thighinn bho chridhe glan (1 Tim. i. 5) —cridhe air a ghlanadh bho mhiann agus bho ghluasad a chum uilc. Tha reuson fhéin ag ìnnseadh dhuinn nach urrainnear a' cheud ghluasad gu ana-miann, nach 'eil air a roghnach-adh le sùilean fosgailte, a sheachnadh mur a bi

an cridhe air a shuidheachadh air rùn a bhi naomh.

Anns an darna h-àite, feumaidh *tomhais de dhearbh chinnt a bhi againn air sinn a bhi air ar deanamh réidh ri Dia* a chum gu 'm bi sinn comasach air naomhachd a chur an cleachdadh.

Tha Dia air a dheanamh soilleir gu leòr dhuinn 'n a Fhacal gur e an dòigh air daoine a thoirt bho pheacadh gu naomhachd fios a thoirt dhaibh, anns a' cheud àite, gu bheil gràdh aige dhaibh, agus gu bheil am peacaidhean air an dubhadh a mach.

'Is e an treas nì a tha ro fheumail, a chum ar deanamh comasach air naomhachd a chleachdadh, *gu 'm biodh tomhais de dhearbhachd air a thoirt dhuinn air sonas siorruidh air néimh.*

Bhiodh so 'n a mheadhon cumhachdach air ar cur ann am fonn, agus air ar tarruing gu bhi beò, beatha na naomhachd.

Dh'fhuiling Criosd—eisimpleir mhòr na naomhachd—air son an aoibhnis a chuireadh roimhe, an Crann-ceusaidh, a' cur na nàire an neo-shuim (Eabh. xii. 2). Cha do dh'fhannaich na h-Abstoil anns an àmhghair, a chionn gu 'n robh fios aca gu 'n robh e "ag oibreachadh (dhaibh) trom chudthrom glòire" (1 Cor. iv. 16, 17). Is e an dòigh air sinn fhìn a chumail ann an gràdh Dhé, sùil a bhi

againn ri tròcair ar Tighearna Iosa Criosd chum na beatha maireannaich.

Is e ullachadh eile a tha ro fheumail a chum na crìch cheudna, *tomhais de dhearbhachd a bhi againn air neart iomchuidh*, *araon a chum toil agus gniomh*, a dheanamh ar dleasdanais ann an dòigh a bhios taitneach, gus an ruig sinn air seilbh an t-sonais néamhaidh.

Tha iadsan a tha smaoineachadh gu bheil e 'n a nì furasd ùmhlachd choitchionn a thoirt do 'n lagh a' sealltuinn nach 'eil aithne aca aona chuid orra fhéin no air an lagh. Tha mi ag aideachadh gu bheil seirbhis Dhé furasd agus taitneach dhaibh-san air an do bhuilich Dia buadhan sonruichte air a shon, ach tha iadsan a tha a' meas gu bheil e furasda do 'n duine nàdurach a' sealltuinn gu bheil iad aineolach ann a bhi dol an aghaidh féin-fhiosrachadh chriosduidhean agus fhineachan.

Bha gliocas Dhé a riamh a' buileachadh air daoine *deagh mhisneachd* gu faigheadh iad neart iomchuidh—araon an toil agus an gniomh—chum an dleasdanas a dheanamh. Bha an neart sin air a thoirt do 'n cheud Adhamh. Cha 'n 'eil teagamh nach robh mothachadh aig an Tighearna Iosa air cumhachd neo-chriochnach a dhiadhachd a chum

a dheanamh comasach coinneachadh ris na bha aige ri fhulang agus ri dheanamh 'n ar nàdur. Bha fhios aige gu 'm b' e an Tighearna Iehobhah fhear-cuideachaidh, agus air an aobhar sin nach biodh e air a chur gu amhluadh (Isa. l. 7). Tha an Sgriobtur a' nochdadh an dearbh chinnt air neart a thug Dia do Mhaois do Iosua do Ghideon an uair a ghairm e iad gu seirbhis mhòr, agus do na h-Israelich an uair a ghairm e iad gu tìr Chanaain a cheannsachadh. Thug Pòl misneachd do chreidmhich a bhi beò beatha na naomhachd le bhi cur an céill dhaibh nach fhaigheadh peacadh buaidh no uachdranachd thairis orra, a chionn nach robh iad fo 'n lagh ach fo ghràs (Rom. vi. 13-14). Thug e earail dhaibh a bhi làidir anns an Tighearna agus ann an neart a chumhachd-san, a chum gu 'm biodh iad comasach air seasamh an aghaidh cuilbheartan an diabhuil. Tha Eòin a' toirt comhairle air creidmhich gun iad a ghràdhachadh an t-saoghail no na nithean a tha 's an t-saoghal, a chionn gu 'n robh iad làidir agus gu 'n d'thug iad buaidh air an droch aon (1 Eoin ii. 14-15). Bha iadsan a ghairm Dia roimhe so gu miorbhuilean a dheanamh air an cur ann an seilbh an toiseach air a' chumhachd a bha feumail chum na h-oibribh

iongantach sin a dheanamh. Mar sin, an uair a tha daoine a tha marbh ann am peacadh air an gairm gu bhi deanamh oibribh beatha na naomhachd—nithean a tha 'n am miorbhuilean mòra annta fhéin—tha e foillseachadh dhaibh *tiodhlac a' chumhachd* a chum am misneachadh ann an dòigh reusanta oidhirp cho iongantach a ghabhail os làimh.

III

Naomhachd An Criosd

Tha aobhar mòr againn aideachadh còmhla ris an Abstol, gur mòr diamhaireachd na diadhachd, cho mòr 's nach b'urrainn e thighinn a steach air cridhe duine, mur biodh Dia air fhoillseachadh o shuas 'n a shoisgeul. Seadh, ged a tha e air fhoillseachadh gu soilleir anns na Sgriobturan Naomha, cha 'n 'eil sùilean aig an duine nàdurra a chì e, oir is aimideas dha e. Air cho soilleir 's ge 'n dean Dia e, bidh e smaoineachadh gu bheil Dia a' labhart le tòimhseachain agus ann an cosamhlachdan. Agus cha 'n 'eil teagamh againn

nach 'eil e fhathast 'n a thòimhseachan agus 'n a chosamhlachd do mhòran a tha dha-rìreadh diadhaidh, agus a fhuair nàdur naomh air an dòigh so, oir bha e 'n a bheannachd teàrnaidh aig na h-abstoil fhéin roimh 'n Chomhfhurtair fhoillseachadh dhaibh gu soilleir (Eoin xiv. 20).

Is e aon diamhaireachd mhòr gu feum *am fonn naomh agus am miann* leis a bheil anamaibh air an ullachadh agus air an deanamh comasach air an lagh a chur an cleachdadh air ball a bhi air fhaotainn le bhi 'g a ghabhail as "an lànachd a tha ann an Criosd," *mar ni a tha air ullachadh a cheana agus air a thoirt gu bith air ar son ann an Criosd*, agus air a thasgaidh suas annsan. Agus mar a tha sinn air ar fìreanachadh le fìreantachd a chaidh oibreachadh le Criosd, agus air a cur ri ar creideas, mar sin tha sinn air ar naomhachadh le fonn agus buadhan naomha a tha an toiseach air an *oibreachadh agus air an coimhlionadh air ar son ann an Criosd*, agus an sin *air an cur 'n ar seilbh*. Mar a bha ar nàdur truaillidh air a dheanamh an toiseach ann an Adhamh, agus air a thoirt dhuinne tre ghinealachadh, mar sin tha ar nàdur nuadh air a dheanamh an toiseach ann an Criosd agus air fhaotainn uaithe-san mar tre ghinealachadh spioradail.

Uime sin cha 'n ann idir le bhi a' co-oibreachadh maille ri Criosd a tha fonn naomh air a dheanamh annainn, ach a mhàin *le bhi 'g a ghabhail* d'ar n-ionnsuidh fhìn, agus 'g a chur an cleachdadh naomh mar nì a tha deiseil ri ar làimh. Mar so tha co-chomunn againn maille ri Criosd ann a bhi gabhail am fonn naomha spioraid sin a bha an toiseach Annsan, oir tha co-chomunn a' ciallachadh na nithean ceudna a bhi aig muinntir gu coitchionn (1 Eoin i. 1-3).

Tha an diamhaireachd so cho mòr, 's a dh'aindeon uile sholus an t-soisgeil, tha sinn gu bitheanta a' smaoineachadh gu feum sinn am fonn naomh so a chruthachadh as ùr annainn fhìn—a dheilbh 'n ar cridheachan fhìn. Uime sin tha mòran dhiubhsan a tha diadhaidh a' dol gu saoithir mhòr a chum a bhi claoidh an nàdur truaillidh, agus a bhi gintinn fonn naomha cridhe annta fhéin, le bhi deanamh spàrn dhùrachdach air an ana-miannan a cheannsachadh, agus le bhi a' sparradh orra fhéin criochan sonruichte air son a bhi naomh.

Tha iad a' meas, ged a tha iad air am fìreanachadh tre fhìreantachd a dh'oibrich Criosd air an son, gu feum iad a bhi air an naomhachadh le naomhachd a dh'oibricheas iad fhéin. Ged a

their iad tre irioslachd gur ann tre ghràs a tha air a bhuileachadh orra a tha so, tha iad an dùil gu feum iad an gràs sin a chosnadh leis an aon dòigh oibreachaidh 's ged a b' ann a mhàin le 'n oibribh fhéin a tha e r'a fhaotainn. Air an aobhar so tha iad a' meas gur nì cruaidh agus mì-thoilichte a tha ann a bhi toiseachadh air beatha dhiadhaidh, a chionn gu bheil e cosg strìth cho mòr ri 'n cridheachan agus ri 'n aignidhean fhéin a chum an cur ann am fonn nuadh. Na 'm biodh fhios aca gu bheil e, cha 'n e mhàin cruaidh agus mì-thoilichte, ach eu-comasach, agus gur e an dòigh cheart air ar peacadh a chlaoidh agus sinn fhìn a bheothachadh a chum naomhachd, a bhi gabhail ri nàdur nuadh as an lànachd a tha ann an Criosd, agus nach 'eil barrachd againn r' a dheanamh ann a bhi deanamh nàdur nuadh na tha againn ri peacadh gin, ged a tha barrachd againn r'a dheanamh ann a bhi gabhail ris. Na 'm biodh fhios aca air an so chuireadh iad iomadh éigin chruaidh seachad orra fhéin, agus sheachnadh iad mòran saoithir anns nach 'eil buannachd, agus dheanadh iad oidhirp air a dhol a steach air a' gheata chumhang ann an dòigh bu taitniche agus bu shoirbheachail.

Is e diamhaireachd mhòr eile, ann an slighe na

naomhachd, *dòigh ghlòrmhor ar co-chomunn ri Criosd* ann a bhi faotainn fonn naomh cridhe uaithe. Is ann le bhi ann an Criosd agus le Criosd e fhéin a bhi againn annainn, ann an aonadh diamhair a tha 'g ar deanamh 'n ar n-aon spiorad agus 'n ar n-aon fheòil maille ris a tha sin. Is maith a dh'fhaodar aonadh diamhair a radh ris an so, oir tha an t-Abstol ag radh diamhaireachd mhòr ris ann an litir a tha làn diamhaireachd (Eph. v. 32).

Tha an t-aonadh so eadar Criosd agus creidmhich air a dheanamh soilleir ann an iomadh àite 's an Sgriobtur, a tha deanamh fianuis gu bheil Criosd a' gabhail còmhnuidh anns na creidmhich agus iadsan annsan (Eòin vi. 56 agus xiv. 20), agus gu bheil iad air an aonadh ri chéile air dhòigh 's gur aon spiorad iad (1 Cor. vi. 17), agus gu bheil creidmhich 'n am buill ann an corp Chriosd agus gu bheil iad 'n an aon fheòil (Eph. v. 30, 31). Tha mar an ceudna iomadh samhla air an aonadh so anns an Fhìrinn. Tha e coltach ris an aonadh a tha eadar an t-Athair agus Criosd, eadar am fionan agus na geugan, eadar an ceann agus an corp, eadar an t-aran agus am fear a tha 'g a ithe. Tha e air a shamhlachadh agus air a sheulachadh ann an Suipeir an Tighearna. Mur a h-urrainn

sinn a smaoineachadh gu bheil creidmhich dha-rìreadh ag ithe feòil Chriosd agus ag òl fhala tha sinn a' deanamh nam briathran a tha a' frithealadh na sàcramaid 'n an samhla falamh—briathran a tha na's buailtiche air teagasg mheallta thoirt dhuinn na ar daingneachadh anns an fhìrinn. Agus cha 'n 'eil nì an aghaidh reuson anns an aonadh so. Ged a tha Criosd air néimh agus sinne air an talamh is urrainn e ar n-anamaibh agus ar cuirp aonadh ris fhéin, gun atharrachadh a dheanamh orra, leis an aon spiorad neo-chriochnach a tha chòmhnuidh annsan agus annainne. Mar sin tha ar feòil-ne leis-san an uair a tha i air a beothachadh le a Spiorad, agus is leinne fheòil-san cho cinnteach 's ged a dh'itheadh sinn fheòil agus ged a dh'òladh sinn fhuil. Agus bidh e fhéin annainn le a Spiorad—neach as aon ris fhéin—neach as urrainn aonadh na 's dlùithe a dheanamh eadar Criosd agus sinne na 's urrainn nì corporra sam bith.

Cha 'n 'eil so a' ciallachadh gu bheil Criosd agus creidmhich 'n an aon phearsa, no gu bheil an creidmheach iomlan naomh mar a tha Criosd, no gu bheil Criosd 'n a pheacach mar a tha an creidmheach, oir tha fhios aig Criosd mar a ghabhas e còmhnuidh anns a' chreidmheach a réir

tomhais, agus nach urrainn an creidmheach a bhi naomh ach anns an tomhais anns a bheil Criosd a' gabhail còmhnuidh ann.

Ged a tha an fhìrinn dhiamhair so os cionn reuson tha i air a foillseachadh dhaibh-san aig a bheil an tuigse air a fosgladh a chum gu 'n tuig iad am foillseachadh spioradail a thug Dia dhuinn air slighe an naomhachaidh.

1. Tha iomadh àite anns an Sgriobtur 'g a dheanamh soilleir. Tha an Sgriobtur a' deanamh soilleir gu bheil gach nì a bhuineas do ar slàinte air a thasgaidh suas ann an Criosd, agus ma gheibh sinn idir iad feumaidh sinn am faotainn as an sin. "B' e deagh thoil an Athar gu 'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan" (Col. i. 19). Anns an litir cheudna tha an t-Abstol a' nochdadh gu 'n robh an nàdur naomha leis a bheil sinn beò do Dhia air a chur annainn an toiseach tre bhàs agus as-eirigh Chriosd: Anns a bheil sibh mar an ceudna air 'ur timchioll-ghearradh, ann an cur dhibh corp peacaidhean na feòla, adhlaicte maille ris, air 'ur togail suas maille ris. Sibhse a bha marbh 'n 'ur n-euceartan bheothaich e maille ris (Col. ii. 11-13). An àite eile tha e ag radh, "Dia . . . a bheannaich sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh néamh-

aidh ann an Criosd" (Eph. i. 3). Feumaidh sinn a bhi tuigsinn leis "gach uile bheannachadh spioradail" fonn naomha spioraid leis gach buaidh a bhuineas dha, agus tha iad so air an toirt dhuinn ann am pearsa Chriosd an ionadan néamhaidh, mar a tha iad air an tasgaidh suas annsan air ar son am feadh 's a tha sinn air thalamh. Ma gheibh sinn gràsan naomha idir is ann bho Chriosd a dh'fheumas sinn am faotainn.

Tha àitean eile dhe 'n Sgriobtur a tha deanamh soilleir gu bheil sinn a' faotainn ar naomhachd as a lànachd-san tre a cho-chomunn. "As a lànachd-san fhuair sinn uile agus gràs air son gràis" (Eòin i. 16-17). Tha gràs naomhachaidh air a ghabhail a steach ann an sin. Agus an àite eile: Agus gu fìrinneach tha ar comunn-ne ris an Athair agus r'a Mhac Iosa Criosd. Is solus Dia. Ma ghluaiseas sinn anns an t-solus mar a tha esan 's an t-solus tha comunn againn r'a chéile. Mar sin ma tha ar co-chomunn ri Dia agus ri Criosd tha sinn anns an t-solus agus a' gluasad ann gu naomh agus gu h-ionraic. "Chuir sibh umaibh an duine nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an eòlas a réir iomhaigh an ti a chruthaich e." Is e Criosd na h-uile agus anns na h-uile. Tha mi beò, gidheadh cha mhise ach Criosd a tha beò annam. An

iarradh sinn air Dia solus na 's soilleire air gu bheil uile lànachd an duine nuaidh, agus an nàdur agus a' bheatha spioradail sin uile leis a bheil sinn beò do Dhia ann an naomhachd, air am faotainn ann an Criosd? Tha gach gràs agus buadh naomh air an ullachadh an toiseach ann an Criosd, agus cha 'n 'eil dòigh air seilbh a bhi againn annta ach le bhi ann an aonadh ri Criosd, agus le e fhéin a bhi gabhail còmhnuidh annainn.

2. Tha iomadh samhla air a thoirt dhuinn air diamhaireachd ar naomhachd tre 'm faic sinn fìrinn na cùise. Tha sinn a' faotainn bho Chriosd fonn naomh agus nàdur nuadh leis a bheil sinn air ar deanamh comasach naomhachd a chleachdadh tre aonadh agus cho-chomunn ris-san: Mar a bha Criosd beò 'n ar nàdur tre 'n Athair (Eòin vi. 57); mar a fhuair sinn peacadh gin agus bàs bho Adhamh (Rom. v. 12, 14, 16, 17); mar a tha an corp a' faotainn mothachadh agus gluasad agus beathachadh o 'n cheann (Col. ii. 19); mar a tha a' gheug a' faotainn a beatha agus a brìgh o 'n fhionan (Eòin xv. 4, 5); mar a tha clachan air an deanamh 'n an teampull an uair a tha iad air an togail air bunait agus air an ceangal le clach chinn na h-oisein (1 Pead. ii. 4, 5, 7).

Tha samhlaidhean mar so a' sealltuinn gu bheil

ar beatha nuadh agus ar nàdur naomh an toiseach ann an Criosd agus an sin annainn-ne tre fhìor aonadh agus cho-chomunn ris-san. Tha iadsan a tha air an aonadh ris an Tighearna 'n an aon spiorad maille ris.

3. B'e crioch àraidh daonnachd agus bàis agus as-eirigh Chriosd, *gu 'n ulluicheadh e nàdur agus fonn naomh air ar son ann fhéin, agus gu 'm biodh iad air an cur 'n ar seilbh tre aonadh agus co-chomunn ris fhéin.*

'N a *dhaonnachd* bha duine air a chruthachadh ann am fonn nuadh naomha, an deidh do naomhachd a' cheud Adhamh a bhi air a mhilleadh tre 'n tuiteam. Bha *am fonn nuadh so* na b'òirdheirce gu mòr na bha fonn Adhamh a riamh, do bhrìgh gu 'n robh duine air aonadh ri Dia, le aonadh nach gabh sgaradh, ann am pearsa Chriosd.

C'arson a thog Criosd nàdur tuiteamach an duine gu bhi ann am fonn cho iongantach air son naomhachd, le bhi 'g a thoirt gu bhi beò agus gniomhach ann an co-chomunn ri Dia, agus Dia fhéin beò agus gniomhach tre 'n nàdur sin? B' e aona chrioch àrd, a chum gu 'n deanadh e a shiol 'n an luchd-co-pàirt dhe 'n fhonn òirdhearc so—an siol a bha gu bhi air am breith tre ghineamhuinn an Spioraid, agus a bha gu bhi ann

fhéin mar an darna h-Adhamh—an Spiorad a bheothaicheas—a chum mar a ghiùlan sinn iomhaigh an duine thalmhaidh gu'n giùlan sinn mar an ceudna iomhaigh an duine néamhaidh, ann an naomhachd a bhos agus ann an glòir shuas.

Mar sin bha e air a bhreith mar Immanuel, Dia maille ruinn, do bhrìgh gu 'n ghabh *lànachd na diadhachd le uile naomhachd* còmhnuidh annsan gu corporra an toiseach, a chum gu 'm biodh sinn air ar lionadh le uile lànachd Dhé (Mat. i. 23; Col. ii. 9, 10). Mar so thainig e nuas bho Néimh mar aran beò a chum, mar a tha e fhéin beò tre 'n Athair, gu 'm bi iadsan a dh'itheas esan beò trìd-san (Eòin vi. 51, 57), leis an dearbh ghné beatha a bha ann fhéin an toiseach.

Tre a *bhàs* chuir e e fhéin saor bho chiont ar peacaidhean, a bha air am meas dha, agus bho anmhuinneachd neo-chiontach a dhaonnachd, a ghiùlan e car ùin air ar sgàth-ne. Agus le e fhéin a shaoradh *dh'ulluich e saorsa dhuinne bho ar staid nàduir gu h-iomlan*—staid anmhuinneachd agus truaillidheachd. Mar sin bha staid thruaillidh nàduir—an "seann duine"—air a cheusadh maille ri Criosd, a chum gu 'm biodh corp a' pheacaidh air a sgrios. Agus tha e air a sgrios annainne, cha 'n ann le leòn sam bith a ni sinne air, ach le

bhi gabhail ris an t-saorsa ud uaithe, agus a' bhàs ud dha, *a tha cheana air oibreachadh air ar son* le bàs Chriosd.

"Aig cur a Mhic féin do Dhia ann an coslas feòil pheacach, agus 'n a ìobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh 's an fheòil, chum gu 'm biodh fìreantachd an lagha air a coimhlionadh annainne, a tha gluasad, cha 'n ann a réir na feòla ach a réir an spioraid" (Rom. viii. 3, 4). Thoir fainear, ged a bhàsaich Criosd a chum gu 'm biodh sinn air ar fìreanachadh le fìreantachd Dhé agus a' chreidimh, cha 'n ann le ar fìreantachd fhìn, a tha bho 'n lagh, *bhàsaich e mar an ceudna*, a chum gu 'm biodh fìreantachd an lagha air a coimhlionadh *annainne* agus *sin* le bhi a' gluasad a réir a Spioraid, mar mhuinntir a tha ann an Criosd. Tha e air a shamhlachadh 'n a bhàs ri gràinne criothnachd a' bàsachadh anns an talamh, a chum gu 'n siolaich e a ghné fhéin, le bhi toirt a mach mòr thoradh (Eòin xii. 24). Tha e air a shamhlachadh ris a' chàisg a chaidh a mharbhadh, a chum feusd a bhi air a dheanamh oirre; agus ri aran air a bhriseadh, a chum gu 'm biodh e 'n a bheatha dhaibh-san a dh'itheas e (1 Cor. xi. 24); agus ris a' charraig air a bualadh, a chum gu 'n taom uisge a mach aisde a chum gu 'n òl sinn (1 Cor. x. 24).

Bhàsaich e a chum gu 'n deanadh e a dh'Iùdhaich 's a Chinnich aon duine nuadh ann fhéin (Eph. ii. 15), agus a chum gu faiceadh e a shiol, eadhon, muinntir a tha faotainn an nàdur nuadh uaithe-san (Isa. liii. 10). Tha na Sgriobturan so a' deanamh cinnteach gu leòr gu 'n bhàsaich Criosd, cha b'ann a chum gu 'm biodh sinn comasach air nàdur naomh a dheilbh annainn fhìn, ach a chum gu faigheadh sinn nì a tha cheana air ullachadh 's air a dheilbh air ar son ann an Criosd, tre aonadh agus cho-chomunn maille ris-san.

Tre a *as-eirigh*, ghabh e seilbh air beatha spioradail air ar son, a tha nis air a cosnadh air ar son, agus còir agus seilbh air a thoirt dhuinn innte tre airidheachd a bhàis. Air an aobhar sin tha e air a radh gu bheil sinn air ar beothachadh maille ri Criosd. B' e as-eirigh-san ar n-as-eirigh-ne gu beatha na naomhachd, mar a b' e tuiteam Adhaimh ar tuiteam-ne gu bàs spioradail. Agus cha mhò is sinne a tha an toiseach a' deanamh ar nàdur naomh na is sinn bu cheud ùghdar do ar truaillidheachd spioradail. Tha iad le chéile deiseil air ar son a chum seilbh a bhi againn annta.

Agus tre aonadh ri Criosd tha co-pàirt againn anns a' bheatha spioradail ud air an do ghabh e

seilbh air ar son 'n a as-eirigh, agus mar sin tha sinn air ar deanamh comasach a toraidhean a ghiùlan, mar a tha an Sgriobtur a' deanamh soilleir le samhla pòsaidh: "Ionnus gu 'm biodh sibh pòsda ri fear eile, eadhon esan a thogadh bho na mairbh, a chum gu 'n tugamaid toradh a mach do Dhia" (Rom. vii. 4).

4. Tha ar naomhachadh *leis an Spiorad Naomh*, leis a bheil sinn beò agus a' gluasad gu naomh (Rom. xv. 16; Gal. v. 25). A nis, chòmhnuich an Spiorad Naomh air Criosd an toiseach 'n a uile lànachd, a chum gu 'm biodh e air a thoirt dhuinne uaithe-san. Agus ann a bhi 'g ar naomhachadh tha e 'g ar baisteadh ann an Criosd, agus 'g ar n-aonadh ris leis fhéin mar bhann mòr an aonaidh (1 Cor. xii. 13). Mar sin, a réir an Fhacail, is e an aon nì a tha ann Criosd e fhéin a bhi againn agus spiorad Chriosd a bhi annainn (Rom. viii. 9, 10). "Bheir esan glòir dhòmhsa: oir gheibh e de mo chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e" (Eòin xvi. 14). Tha e toirt dhuinn eòlas mothachail air na beannachdan spioradail ud a dh' ulluich e fhéin air ar son le daonnachd agus bàs agus as-eirigh Chriosd.

Tha meadhonan éifeachdach nan gràsan ud, a

tha cho feumail a chum ar n-uidheamachadh air son naomhachd a chleachdadh air ball air an gabhail a steach ann an lànachd Chriosd, agus air an tasgaidh suas air ar son annsan. Agus tha sinn a' faotainn seilbh shaoibhir orra tre aonadh agus co-chomunn ri Criosd. Ma tha sinn air ar n-aonadh ri Criosd cha bhi ar cridheachan na 's fhaide fo chumhachd miannan peacach, no mì-chùramach a thaobh maith no olc. An àite sin bidh iad air an cur ann an seilbh air cumhachd agus miann agus fonn naomhachd le spiorad Chriosd a tha chòmhnuidh annainn—'g ar n-aomadh a chum inntinn a bhi againn do nithean spioradail, agus gun a bhi miannachadh as déidh na feòla (Rom. viii. 1, 4, 5; Gal. v. 17).

Agus tha againn ann an Criosd làn réite ri Dia, agus togail gu fàbhor as àirde maille ris na bha aig a' cheud Adhamh an staid na neo-chiontais, a chionn gu bheil an fhìreantachd a dh'oibrich Criosd air ar son, le ùmhlachd gu bàs, air a meas dhuinn a chum ar fìreanachaidh. Agus a chum gu 'm bi dearbhadh againn air an réite so tha sinn a' faotainn spiorad na h-uchd-mhacachd tre Chriosd, tre an glaodh sinn Abba, Athair (Rom. viii. 15).

Leis an so cuideachd tha dearbhadh againn air ar seilbh anns an t-sonas shiorruidh, agus air neart

iomchuidh toile agus gniomha a chum ar dleasdanas a dheanamh gu taitneach, gus an tig sinn gu làn sheilbh air an t-sonas sin. Oir tha spiorad na h-uchd-mhacachd a' teagasg dhuinn, ma 's clann do Dhia sinn gur oighreachan sinn air Dia, agus co-oighreachan maille ri Criosd; agus gu bheil lagh spiorad na beatha ann an Iosa Criosd 'g ar cur saor bho lagh a' pheacaidh agus a' bhàis; agus nach bi nì 'n ar n-aghaidh, nach sgar nì sinn bho ghràdh Dhé ann an Criosd, ach anns na h-uile nì gu 'n toir sinn tuilleadh agus buaidh trìd-san a ghràdhaich sinn (Rom. viii. 2, 17, 35, 37, 39).

IV

Creideamh Mar Mheadhon Aonaidh Ri Criosd

Dh' fhoillsich Dia dà mheadhon tre bheil an Spiorad a' coimhlionadh aonadh diamhair agus co-chomunn eadar sinn agus Criosd.

Is e aon diubh soisgeul gràs Dhé anns a bheil Dia a' foillseachadh saoibhreas do-rannsachaidh Chriosd, agus Criosd annainn, dòchas na glòire

(Eph. iii. 8; Col. i. 27), agus anns a bheil e 'g ar cuireadh agus ag àithne dhuinn creidsinn ann an Criosd a chum slàinte. Tha e 'g ar misneachadh le gealladh saor na slàinte sin dhaibh-san a chreideas air (Gniomh. xiii. 38, 39; Rom. x. 9, 11). Is e so meadhon Dhé fhéin leis a bheil e *tairgse*—leis a bheil e cur Chriosd d'ar n-ionnsuidh a chum ar beannachadh le slàinte (Gniomh. iii. 26). Is e so ministrealachd an Spioraid agus na fìreantachd. Tha creideamh a' tighinn tre a bhi ag éisdeachd so, agus air an aobhar sin is e am meadhon mòr tre bheil sinn air ar gineamhuinn ann an Criosd agus Criosd air a dheilbh annainn. Tha am facal am fagus duit, facal a' chreidimh, anns a bheil Criosd e fhéin gu gràsmhor 'g a irioslachadh fhéin gu thighinn faisg oirnn, air chor 's gu faod sinn a thighinn thige ann an sin, gun a dhol na 's fhaide, ma 's miann leinn a bhi air ar n-aonadh ris (Rom. x. 6-8).

Is e am meadhon eile creideamh a tha air oibreachadh annainn leis an t-soisgeul. Is e so am meadhon leis a bheil sinn *a' gabhail*—am meadhon a tha *sinne* a' cleachdadh tre bheil aonadh air a choimhlionadh eadar sinn agus Criosd—le bhi gabhail Chriosd d'ar n-ionnsuidh le uile lànachd.

Aonadh Ri Criosd

Tha dà ghniomh anns a' chreidimh theàrnaidh: a bhi creidsinn fìrinn an t-soisgeil; agus a bhi creidsinn ann an Criosd, mar a tha e air a ghealltuinn dhuinn gu saor anns an t-soisgeul air son slàinte iomlan. Leis an darna gniomh tha e a' gabhail ris a' mheadhon tre bheil Criosd air a thoirt do ar n-ionnsuidh, agus leis an fhear eile tha e gabhail ri Criosd e fhéin agus a shlàinte anns na meadhonan. Tha an darna fear coltach ris a' chìch no ris a' chopan anns a bheil am bainne no am fion, agus am fear eile coltach ri deoghal a' bhainne as a' chìch, no ri òl an fhiona as a' chopan. Agus feumaidh an dà ghniomh so a bhi air an deanamh gu cridheil, le gràdh gun cheilg do 'n fhìrinn, agus miann air Criosd agus air a shlàinte os cionn nan uile nithean. Is e so ar càil spioradail gu bhi ag ithe agus ag òl Chriosd, biadh na beatha. Cha 'n 'eil a' cheud ghniomh 'g ar n-aonadh ri Criosd air ball, a chionn gu bheil e criochnachadh air a' mheadhon-giùlan—an soisgeul. Gidheadh, is e gniomh teàrnaidh a tha ann, is e air a dheanamh gu ceart, a chionn gu bheil e a' cur an anam ann am fonn gu bhi a' deanamh an ath ghniomh, tre bheil Criosd e fhéin air a ghabhail a steach anns a' chridhe. Cho cinnteach 's a tha neach a' creidsinn an t-soisgeil le gràdh

agus le tlachd cridhe, mar an fhìrinn as ro-òirdhearc, tha e mar an ceudna a' creidsinn gu cridheil ann an Criosd a chum slàinte. Cuiridh iadsan d'an aithne ainm an dòchas ann (Salm ix. 10). Uime sin tha an Sgriobtur a' labhart mu chreidimh teàrnaidh, an darna h-uair mar nach biodh ann ach a bhi creidsinn an t-soisgeil (Rom. x. 9), agus an uair eile mar a mhàin a bhi creidsinn ann an Criosd (Rom. x. 11).

Tha cuid a' dol am mearachd a thaobh fìor àite a' chreidimh ann am beatha nan gràs. Cha téid sinn air seachran dh'a thaobh ma chumas sinn air chuimhne gur e am meadhon tre bheil sinn a' gabhail Chriosd 'n ar cridheachan, agus tre bheil againn naomhachd cridhe agus slighe, cho maith ri fìreanachadh, tre aonadh agus co-chomunn rissan. Tha nì no dhà a dhearbhas sin:

1. Tre chreidimh tha seilbh dha-rìreadh againn air Criosd e fhéin, agus cha 'n e mhàin air maitheanas ach air *beatha*, agus mar sin air naomhachd. "Ionnus gu 'n gabh Criosd còmhnuidh ann 'ur cridhe tre chreidimh (Eph. iii. 17). Tha sinn beò do Dhia, gidheadh cha 'n e sinne, ach Criosd a tha beò annainn, tre chreidimh Mhic Dhé (Gal. ii. 19, 20).

2. Tha an Sgriobtur a' cur an céill gu soilleir

gu bheil sinn a' gabhail Chriosd tre chreidimh—'g a chur umainn—air ar freumhachadh ann—a' gabhail an Spioraid, maitheanas peacaidh, agus oighreachd maille riusan a tha air an naomhachadh. Tha e a' samhlachadh so le ithe agus òl, ni tha ciallachadh a bhi creidsinn ann an Criosd. Tha esan a tha a' creidsinn ann an Criosd ag òl uisge beò, no a Spiorad. Is e Criosd aran na beatha. Is biadh gu fìrinneach fheòil. Mar sin tha sinn a' gabhail còmhnuidh ann an Criosd, agus Criosd annainne, agus tha a' bheatha mhaireannach againn.

3. Tha Criosd, le uile shlàinte, air a thoirt gu saor tre ghràs Dhé dhaibh-san uile a chreideas ann. Is e an aon chumha a tha air saor thiodhlac: Gabh agus sealbhaich. Is leòr tairgse shaor de Chriosd gu còir a thoirt dhuit gabhail ri Criosd agus a shlàinte mar do chuid fhéin. Agus a chionn gu bheil sinn a' gabhail ri Criosd tre chreidimh mar shaor thiodhlac faodaidh sinn a mheas gur e creideamh am meadhon—an làmh—leis a bheil sinn 'g a ghabhail.

4. Chaidh a dhearbhadh a cheana gu bheil a' bheatha spioradail gu léir agus naomhachd air an tasgaidh suas anns an lànachd a tha ann an Criosd, agus air an co-pàirteachadh ruinn tre aonadh

ris-san. Is e ceud obair gràis anns a' chridhe a bhi coimhlionadh an aonaidh sin ri Criosd.

5. Tha creideamh 'n a mheadhon ro-fhreagarrach air a bhi ag aonadh ar n-anam ri Criosd; agus air nàdur nuadh agus naomh a thoirt do 'n anam; agus air cleachdadh naomh tre aonadh agus co-chomunn ris. Tha e a réir gné a' chreidimh—is e sin earbsa chridheil ghràdhach ann an Criosd air son a shlàinte uile, is e air a ghealltuinn gu saor—gu 'n lùbadh e sinn, agus gu 'n deanadh e comasach sinn air a bhi cleachdadh naomhachd, a chionn gu bheil e gabhail a steach earbsa gu bheil sinn, tre Chriosd, marbh do pheacadh agus beò do Dhia, agus gu bheil ar seann duine air a cheusadh (Rom. vi. 2-4), agus gu bheil sinn beò tre 'n Spiorad (Gal. v. 25), agus gu bheil maitheanas peacaidh againn agus gur e Dia ar Dia-ne (Salm xxxi. 14), agus gu bheil againn anns an Tighearna fìreantachd agus neart, tre bheil sinn comasach air na h-uile nì a dheanamh (Isa. xlv. 24; Phil. iv. 13).

A chionn gu bheil a' bhuaidh sin air a' chreidimh faodaidh sinn a mheas mar mheadhon freagarrach a chum a bhi coimhlionadh a' chleachdaidh sin uile an dòigh thaitneach. Gheibh iadsan a tha le gràdh iomchuidh a' dion-chreidsinn ann an

Criosd air son a thiodhlac saor mothachadh air gu bheil an creideamh sin 'g an giùlan air adhart gu Dia a ghràdhachadh le 'n uile chridhe, do bhrìgh gu 'n ghràdhaich esan iadsan an toiseach—gu moladh a thoirt dha agus gu ùrnuigh a dheanamh ris an ainm Chriosd,—gu bhi foighidneach, is iad an àmhghair—gu uile chlann Dhé a ghràdhachadh air sgàth an Athar—gu bhi gluasad mar a ghluais Criosd—gu iad fhéin a thoirt suas gu bhi beò do Chriosd anns na h-uile nithean, is iad air an co-éigneachadh leis a' ghràdh leis an do bhàsaich e air an son. Cha 'n aithne dhuinn obair ùmhlachd nach 'eil creideamh comasach air a dheanamh. Tre chreidimh tha sinn beò agus a' deanamh gach deagh obair—na h-uile nithean an ainm Chriosd agus air a sgàthsan. Is e so an dòigh dhiamhair air a bhi beò do Dhia ann an naomhachd—tre bheil sinn beò, agus gidheadh cha sinne ach Criosd a tha beò annainn.

Cha 'n e neach as lugha na Spiorad neo-chriochnach Dhé—Criosd e fhéin tre 'n Spiorad—as ùghdar agus fear-criochnaich ar creidimh. Tre aon Spiorad bhaisteadh sinn uile do aon chorp—Criosd—agus thugadh deoch r'a òl dhuinn uile chum aon Spiorad (1 Cor. xii. 13). Tha Dia a' deònachadh dhuinn, a réir saoibhreas a ghlòire, a

bhi air ar neartachadh leis gach uile chumhachd, le a Spiorad anns an duine an taobh a stigh, a chum gu 'n gabh Criosd còmhnuidh 'n ar cridheachan tre chreidimh (Eph. iii. 16, 17). Ma smaoinicheas sinn air buaidh a' chreidimh—gu bheil sinn air ar togail leis os cionn suidheachadh nàduir, is Criosd agus a Spiorad beò annainn—tha e cinnteach gu bheil sin barrachd air na 's urrainn nàdur a dheanamh.

Ged nach deanadh Dia air ar son ach ar n-aiseag a dh'ionnsuidh ar ceud inbhe, cha b'urrainn sin fhéin a bhi air a dheanamh ach air chosg uile chumhachd a thoirt beò nam muinntir a tha marbh ann am peacadh. Cia mòr is mò a dh'fheumas an cumhachd sin a bhi air a chleachdadh a chum ar cur ann am fonn nuadh anns a bheil sinn beò fada os cionn comas nàduir, le gné beatha as àirde na bha aig Adhamh is e an staid neo-chiontais, eadhon le Criosd agus a Spiorad a bhi beò agus gniomhach annainn. Mar sin tha e 'g ar toirt a steach ann an aonadh diamhair agus ann an co-chomunn ris fhéin le cumhachd cruthachaidh neo-chriochnach.

A chum an obair mhòr so a choimhlionadh—ar cruthachadh nuadh ann an Criosd—tha Spiorad Dhé an toiseach ag oibreachadh air ar cridheachan

leis an t-soisgeul a chum gràs a' chreidimh a chur annainn. Agus an uair a tha creideamh teàrnaidh air oibreachadh annainn, tha an Spiorad ceudna a' toirt dhuinn gréim daingeann air Criosd leis. Mar a tha e fosgladh beul a' chreidimh gu gabhail ri Criosd tha e 'g a lionadh le Criosd. Thug an Spiorad ceudna an creideamh leis a bheil miorbhuilean air a dheanamh, agus mar an ceudna tha e a' deanamh nam miorbhuilean leis. Tha an Spiorad ceudna ag oibreachadh creideamh teàrnaidh annainn, agus a' freagart crioch a' chreidimh sin le bhi toirt dhuinn aonadh agus co-chomunn ri Criosd leis. Mar sin cha bhuin nì de ghlòir na h-oibreach so do 'n chreidimh ach a mhàin do Chriosd agus do a Spiorad.

V

Cha 'n 'eil Feum Air Naomhachd Chum Còir Fhaotainn Air Criosd

Ciod e an t-eadar-dhealachadh a tha eadar an lagh agus an soisgeul? Cha 'n e gu bheil an

darna fear ag agart deanadas *coimhlionta* agus am fear eile a mhàin deanadas *ionraic.* Is e tha ann, tha an darna fear ag iarraidh *deanadas*, agus am fear eile, cha 'n e *deanadas* ach *creidimh* chum beatha agus slàinte. Ma tha sinn ag iarraidh slàinte air bonn obair, ge b'e air bith cho beag, tha sinn 'g ar toirt fhìn fo chumhachan an lagha, agus a' tighinn fo fhiachan an lagh gu léir a choimhlionadh gu h-iomlan, ged nach 'eil a rùn oirnn ach a choimhid ann an cuid (Gal. v. 3). Cha 'n 'eil anns an lagh ach an aon dòigh anns an toir Dia breith air gach aon nach 'eil deònach gabhail ri slàinte mar thiodhlac air a thoirt dhaibh gu saor le gràs Dhé ann an Criosd.

An uair a thug Dia an lagh do Mhaois, cha b'ann a dh' aon chrioch gu'n ruigeadh aon neach a chaoidh air naomhachd no air slàinte air bhonn ùmhlachd iomlan no ionraic—ged a tha e fìor, na 'n robh slighe slàinte eile ann aig an àm ud, gu feumadh gur h-ann le coimhlionadh an lagha sin a bha air a thoirt do 'n Eaglais mar riaghailt beatha, cho cinnteach 's a bha e mar chùmhnant. Bha cùmhnant eile air a dheanamh roimh 'n àm sin, ri Abraham, Isaac, agus Iacob—-cùmhnant gràis, anns an robh uile bheannachdan air an gealltainn gu saor tre Chriosd, Siol a' gheallaidh, an neach

a mhàin tre 'n robh iad gu bhi air an teàrnadh. Agus bha cùmhnant an lagha air a thoirt a thuilleadh air a sin, a chum gu faiceadh iad am peacadh, agus mar a bha iad 'n an oighreachan air bàs agus fearg, agus cho eu-comasach 's a bha e ruighinn air beatha no naomhachd tre 'n oibribh, agus gu'm biodh iad air an co-éigneachadh an earbsa a chur a mhàin anns a' ghealladh shaor air son an slàinte uile, agus a chum gu'm biodh peacadh air a bhacadh le Spiorad na daorsa, gu teachd Iosa Criosd, an siol a réir a' gheallaidh, agus gus am biodh an Spiorad naomh air a dhòirteadh a mach leis na bu phailte. Tha an t-Abstol a' leudachadh gu mòr air an so (Gal. iii. 15-24; Rom. v. 20, 21, agus x. 3, 4). Cha robh aon dhe na h-Israelich a riamh air a theàrnadh tre chùmhnant Shinai—cha mhò a ràinig aon a riamh air naomhachd troimhe. Ghléidh cuid aca na h-àithntean gu h-ionraic ged a b' ann gu mì-iomlan. Ach bha iad sin air am fìreanachadh an toiseach, agus air an deanamh 'n an luchd-co-pàirt de bheatha agus de naomhachd tre 'n chùmhnant a b'fhearr, a rinn Dia ri Abraham, Isaac, Iacob, aig an robh an aona bhrìgh ris a' chumhnanta nuadh a bha air a dhaingneachadh le fuil Chriosd. Mur biodh an cùmhnant sin cha robh cùmhnant Shinai

air a bhi dhaibh na mheadhon sonais, ach a mhàin a' cur an céill am peacaidh, an eu-dòchais, an sgrios.

VI

Cha 'n 'eil Feum Air Naomhachd Mar Ullachadh Air a Bhi Creidsinn Ann An Criosd

Tha sinn gu nàdurach cho iarrtach air a bhi suidheachadh ar teàrnadh air ar n-oibribh 's gu 'n dean sinn gach dìchioll air an deanamh *'n an ullachadh feumail a chum* a bhi gabhail ri Criosd agus a shlàinte tre chreidimh, mur a h-urrainn sinn an deanamh *'n am meadhonan* leis *an coisinn* sinn slàinte tre Chriosd. Agus tha e furasd a thoirt air daoine a chreidsinn nach 'eil so idir an aghaidh slàinte tre shaor ghràs, a chionn nach 'eil air a chiallachadh leis na h-oibribh so ach gu bheil iad 'g ar cur ann an suidheachadh iomchuidh gu bhi a' gabhail ri saor-thiodhlac. Na'n rachadh sinn gu prionnsa a dh'iarraidh tiodhlac bhiodh e

réir modh agus urram gu'n sgeadaicheadh sinn sinn fhìn ann an trusgan iomchuidh, mar a rinn Ioseph an uair a chuir e dheth aodach a' phriosoin agus a thainig e an làthair Pharaoh. Tha e coltach ri bhi 'na thàir air ceartas agus naomhachd Dhé agus Chriosd an uair a ghabhas neach air a thighinn 'n a làthair le salchar a' pheacaidh, air a chomhdach le creuchdan breuna nach deach a cheangal suas no a ghlanadh.

Ach a réir briathran an t-soisgeil cha 'n 'eil feum air an atharrachadh as lugha air ar cridheachan no air ar beatha bho pheacadh gu naomhachd roimh dhuinn gabhail ri Criosd agus a shlàinte tre chreidimh. Bu mhaith le Criosd gu 'n tigeadh am peacach as truaillidh thige a chum slàinte air ball, gun a bhi a' deanamh dàil a chum e fhéin ullachadh an toiseach. Bu toigh le Criosd gu 'n creideadh sinn Annsan a dh'fhìreanaicheas an duine neo-dhiadhaidh, agus air an aobhar sin cha 'n 'eil e ag iarraidh gu'm bi sinn diadhaidh roimh dhuinn creidsinn (Rom. iv. 5). Uime sin cha 'n 'eil e 'n a athais do Chriosd, no 'n a thàir air ceartas agus air naomhachd Dhé, sinn a thighinn gu Criosd is sinn 'n ar peacaich thruaillidh. An àite sin, 's ann a tha e 'n a athais agus 'n a thàir do ghràs teàrnaidh, do

airidheachd, do lànachd Chriosd, ma tha sinn a' feuchainn ri sinn fhìn a dheanamh fìreanta agus naomh roimh dhuinn gabhail ri Criosd e fhéin, agus ris na h-uile fìreantachd agus naomhachd annsan, tre chreidimh.

Is e Tighearna a shaoras a tha ann. Earb as an toiseach a chum do theàrnadh bho chiont agus bho chumhachd a' pheacaidh, agus bho uachdranachd Shàtain, agus a chum miann nuadh a thoirt dhuit. An uair sin—cha 'n ann gus an sin—co-éignichidh gràdh Chriosd thu chum thu féin a thoirt suas gu cridheil chum a bhi beò dhà-san a bhàsaich air do shon (2 Cor. v. 14), agus bidh tu comasach air a radh le dùrachd neo-chealgach, "O a Thighearna, gu deimhin is mi t'òglach, is mi t'òglach, mac do bhan-oglaich; sgaoil thu mo chuibhreach" (Salm cxvi. 16).

Cleachd creideamh an toiseach, agus tarruingidh mothachadh air gràdh Dhé d'anam, agus co-éignichidh e thu gu Dia a ghràdhachadh agus a sheirbhis a dheanamh an còmhnuidh. Tha sinn a' toirt gràdh dha do bhrìgh gu'n ghràdhaich esan sinne an toiseach (1 Eòin iv. 19). Cha 'n urrainn sinn a bhi air thoiseach air Dia ann an gràdh. Feumaidh sinn a ghràdh-san a mhothachadh a chum gu'n gràdhaich sinn idir e. Is e a' cheud smuain

naomh as urrainn a bhi agad air Dia, smuain air a ghràs agus a thròcair do d'ànam ann an Criosd—smuain a tha air a filleadh ann an gràs a' chreidimh. Faigh an smuain sin an toiseach le bhi creidsinn ann an Criosd agus siolaichidh i annad gràdh do Dhia agus gach uile smuain mhaith m'a thimchioll. Tha bròn diadhaidh air son peacaidh air oibreachadh annainn le bhi creidsinn gràs maitheanais Dhé. Tha fhios gur luaithe a bheir maitheanas a' phrionnsa deur bho shùil a' mhortair na bheir eagal na croiche. Mar sin bha a' bhean a bha 'n a peacach air a toirt gu bhi nighe casan Chriosd le deòir (Luc. vii. 37, 38). Cha bhi e coltach gu'm bi sinn fo bhròn a chionn diùmbadh a chur air Dia le ar peacaidhean, is sinn ag amharc air mar nàmhaid, dh'a bheil e furasd gu leòr eallach a thilgeadh dheth, agus e fhéin a dhioladh oirnn le sgrios siorruidh. Tha bhi creidsinn ann an gràs maitheanais Dhé 'n a mheadhon éifeachdach air ar toirt gu aideachadh saor air ar peacaidhean. Is ann a dh' aindeon a tha aideachadh luchd an eu-dòchais, coltach ri aideachadh agus éigheach luchd do-bheart, is iad 'n an éigin, air an inneal pianaidh. Uime sin ma 's maith leat aideachadh saor a dheanamh air do pheacaidhean, creid air tùs gu bheil Dia fìrinneach

agus ceart a chum do pheacaidhean a mhaitheadh dhuit tre Chriosd (1 Eòin i. 9).

VII

Cha 'n 'eil Naomhachd Ach An Aonadh Ri Criosd

Tha e ro chudthromach fios a bhi againn air an àite agus an òrdugh anns an do chuir Dia naomhachd, agus is e gliocas spioradail a bhi 'g a iarraidh anns an òrdugh sin. Tha fhios againn gur Dia leis an toigh òrdugh ar Dia, agus gu bheil a ghliocas neo-chriochnach air fhoillseachadh anns an òrdugh 's an do chuir e a chreutaran, anns gach gnothuich aimsireil agus spioradail. Mar sin, rinn e coimh cheangal siorruidh, air a shuidheachadh anns gach nì, agus a choimhidear (2 Sam. xxiii. 5). Tha a bheannachdan uile an crochadh ri chéile ann an òrdugh riaghailteach, mar theinneachan anns an aon slabhraidh òir, ged a tha cuid aca, agus *còir* air an iomlan, air an toirt dhuinn aig an aon àm. Tha Dia 'g ar toirt an

toiseach gu bhi ann an Criosd, mar a tha na geugan anns an fhionan, a chum gu'n toir sinn a mach mòr thoradh (Eòin xv. 4, 5). Tha e air tùs a' glanadh ar coguisean bho oibribh marbha tre fhìreanachadh, a dheanamh seirbhis do 'n Dia bheò (Eabh. ix. 14). Tha e an toiseach a' toirt dhuinn a bhi beò anns an Spiorad agus an sin a' toirt oirnn a bhi gluasad anns an Spiorad (Gal. v. 25). Is e so an t-òrdugh a tha air a chur sios anns an t-soisgeul, nì as e "cumhachd Dhé a chum slàinte."

A nis tha buannachd mhòr ann a bhi ag iarraidh naomhachd a réir òrdugh cheart an t-soisgeil. Tha a' bhuannachd so ann: Gràdh Dhé a bhi air fhoillseachadh dhuit, ann a bhi maitheadh do pheacaidhean, a bhi air do ghabhail a steach ann am fàbhor, a bhi faotainn seilbh air Spiorad na h-uchd-mhacachd agus dòchas a ghlòire, gu saor tre Chriosd. Agus tha sin uile 'g a do cho-éigneachadh a chum Dia a ghràdhachadh air ais, a ghràdhaich thu cho mòr, agus a chum muinntir eile a ghràdhachadh air a sgàth-san, agus a chum thu féin a thoirt suas gu ùmhlachd a thoirt d'a àithntean uile á cridhe gràidh. Seilbhichidh tu mar an ceudna còmhnadh Spiorad Dhé, a chum do dheanamh toileach gu cumhachdach air ùmh-

lachd, agus do neartachadh a chum an umhlachd sin a dheanamh an aghaidh d' uile thruaillidheachd agus buairidhean Shàtain. Mar sin bidh sruth is gaoth leat ann a bhi seòladh chum naomhachd.

Nach bochd nach tugadh daoine fainear an t-àite a bhuineas do naomhachd ann an diamhaireachd na slàinte, agus nach iarradh iad e air an dòigh, agus far am biodh uile bhuaidh gràs an t-soisgeil leò!

Feumaidh sinn amharc air naomhachd mar nì a bhuineas do 'n t-slàinte ud a tha air a faotainn tre chreidimh ann an Criosd. Ged a tha slàinte gu tric a' ciallachadh anns an Fhirinn staid na h-iomlanachd an glòir, tha i 'n a làn bhrìgh a' ciallachadh, an t-saorsa uile ud bho olc ar staid thruaillidh a thaobh nàduir, agus na seilbhean naomha agus sona ud uile a tha sinn a' faotainn bho Chriosd ar Slànuighear, co dhiùbh is ann tre chreidimh anns an t-saoghal so, no tre ghlòrachadh anns an t-saoghal ri teachd. Tha naomhachd anns a' bheatha so tur feumail a chum slàinte, cha 'n ann a mhàin mar mheadhon a chum na crìche, ach, mar fheum as òirdheirce, mar phàirt dhe 'n chrioch fhéin. Ged nach 'eil sinn air ar teàrnadh tre oibribh mar mheadhonan cosnaidh, gidheadh tha sinn air ar teàrnadh a chum deagh

oibribh mar thoraidhean air gràs teàrnaidh, a dh' ulluich Dia a chum gu'n gluaiseamaid annta (Eph. ii. 10).

Is còir naomhachd cridhe agus slighe iarraidh gu dùrachdach tre chreidimh mar phàirt ro-chudthromach dhe ar slàinte. Tha sluagh mòr de dhaoine aineolach, a tha beò fo 'n t-soisgeul, a' cruadhachadh an cridheachan anns a' pheacadh, agus a toirt sgrios siorruidh air an anamaibh le bhi ag earbsa ann an Criosd air son slàinte mac-meamnach, mar ni a tha ciallachadh, cha 'n e naomhachd, ach maitheanas peacaidh agus dol as bho dhòruinn shiorruidh. Is e an dòigh air a bhi coinneachadh a' mheallaidh chronail so, cha 'n e a bhi ag àicheadh, mar a ni cuid, gur e gniomh teàrnaidh creidimh a tha ann a bhi ag earbsa á Criosd a chum slàinte, ach le bhi sealltuinn nach urrainn iad a bhi ag earbsa á Criosd air son fìor theàrnadh mur a bheil iad ag earbsa as air son naomhachd. Cha mhò a tha iad ag iarraidh fìor theàrnadh mur a bheil iad ag iarraidh a bhi air an deanamh naomha agus ionraic am beatha agus an cridhe. Ma thug Dia agus Criosd dhuit a riamh slàinte buinidh naomhachd dhi. Mur a glan Criosd thu bho shalchar do pheacaidhean cha 'n 'eil 'cuid agad maille ris (Eòin xiii. 8). Nach

neònach an t-slàinte a tha daoine ag iarraidh ma tha iad caoin-shuarach mu naomhachd! Bu mhaith leò a bhi air an teàrnadh *le* Criosd, agus gidheadh a bhi *a mach* á Criosd ann an staid fheòlmhor.

Bheir fìor chreideamh soisgeulach oirnn a thighinn gu Criosd le tart a chum gu 'n òl sinn dhe 'n uisge bheò, eadhon dhe a spiorad a naomhaicheas (Eòin viii. 37, 38), agus a chum gu 'n glaodh sinn gu dùrachdach ris, ar teàrnadh, cha 'n ann a mhàin bho ifrinn, ach bho pheacadh, ag radh, Teagaisg dhomh do thoil a dheanamh, tha do Spiorad maith (Salm cxliii. 10); Pill mi agus bidh mi air mo philleadh (Ier. xxxi. 18); Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé, ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhiom (Salm li. 10). Is e so an dòigh anns a bheil teagasg teàrnadh tre ghràs 'g ar co-éigneachadh gu beatha na naomhachd, le bhi 'g ar cur thige gu bhi 'g a h-iarraidh tre chreidimh ann an Criosd mar chuid chudthromach de 'n t-slàinte sin a tha air a toirt dhuinn tre Chriosd.

VIII

Cha 'n Urrainn Naomhachd a Bhi Aig Duine Gus An Gabh E Ri Comhfhurtachd An t-Soisgeil.

Tha sinn a thaobh nàduir cho ceangailte ri bhi ag iarraidh slàinte tre'n lagh 's gu bheil e duilich ìmpidh a chur air daoine *comhfhurtachdan an t-Soisgeil* a chur air thoiseach air *dleasdanasan* an lagha. Mur a h-urrainn iad slàinte fhéin oibreachadh ni iad cinnteach gu'n cuir iad comhfhurtachdan na slàinte an earbsa ri an oibribh fhéin. Tha iad 'ga mheas cho mì-reusanta dùil a bhi aca ri comhfhurtachd roimh dhleasdanas ri tuarasdal roimh obair, no toradh na talmhainn roimh shaoithir an tuathanaich (2 Tim. ii. 6).

Is e riaghailt na Fìrinn comhfhurtachd a thoirt do'n chridhe an toiseach a chum ar daingneachadh anns gach deagh fhacal agus ghniomh (2 Tes. ii. 17). Gheibhear sin gu soilleir ann an litrichean nan Abstol, far a bheil iad an toiseach a' toirt eòlas do na h-eaglaisean air gràs saoibhir Dhé dh' an taobh ann an Criosd, agus na beann-

achdan spioradail air a bheil iad air an deanamh 'n an luchd-compàirt, a chum an làn chomhfhurtachd; agus an sin tha iad a' toirt earail dhaibh a bhi gluasad gu naomha a réir nan sochairean sin. A thuilleadh air an sin tha beannachdan gràis Dhé ann an Criosd air an cleachdadh mar argumaidean a chum naoimh a ghluasad gu bhi cleachdadh naomhachd. Feumar na beannachdan sin a chreidsinn an toiseach, agus an comhfhurtachd a ghabhail 'n ar n-anamaibh fhìn, ar-neo cha bhi buaidh aca chum toirt oirnn a bhi beò anns a' chleachdadh sin air son a bheil iad air am foillseachadh.

Mar sin tha earal air a thoirt dhuinn dleasdanasan naomha a chur an gniomh, a chionn gu bheil sinn marbh do pheacadh agus beò do Dhia tre Iosa Criosd ar Tighearna (Rom. vi. 11); do bhrìgh nach bi uachdranachd aig a' pheacadh thairis oirnn, oir cha 'n 'eil sinn fo lagh ach fo ghràs (Rom. vi. 14); a chionn nach 'eil sinn anns an fheòil ach anns an spiorad, agus gu'm beothaich Dia ar cuirp bhàsmhor le a Spiorad a tha chòmhnuidh annainn (Rom. viii. 9, 11); a chionn gu bheil ar cuirp 'n am buill de Chriosd, agus 'n an teampuill dh'an Spiorad Naomh (1 Cor. vi. 15, 19).

Faodaidh sinn iarraidh air duine làidir fallain obair a dheanamh an toiseach agus an sin dùil a bhi aige ri biadh agus deoch agus duais; ach feumar an toiseach biadh agus deoch ath-bheothachaidh a thoirt dhàsan a tha fann agus ciocrach, a chum a chridhe neartachadh mu's urrainn e obair a dheanamh.

Tha araon féin-fhiosrachadh agus Sgriobtur a' nochdadh gur e so an dòigh anns a bheil Dia a' toirt a shluaigh bho pheacadh gu naomhachd. Ged a tha cuid aca air an toirt fo uamhasan car tamuill, a chum gu'm bi peacadh air a dheanamh na's seirbhe, agus an t-slàinte a tha ann an Criosd air a dheanamh na's luachmhora agus na's taitniche dhaibh, gidheadh tha iad sin air an cur saor bho na h-uamhasan sin le comhfhurtachd slàinte Dhé, a chum gu'm bi iad air an uidheamachadh air son naomhachd. Is ann le comhfhurtachd a tha beatha naomh a' tòiseachadh agus air a cumail suas.

IX

Cha 'n Urrainn Naomhachd a Bhi Aig Duine Gun Tomhais De Dhearbhachd.

Tha e soilleir nach urrainn na comhfhurtachdan soisgeulach sin a tha feumail a chum cleachdadh naomh a bhi air an gabhail dha-rìreadh a dh'easbhuidh tomhais de dhearbhachd a bhi aig duine air a chòir ann an Criosd agus 'n a shlàinte. Air an aobhar sin tha an dearbhachd sin ro-fheumail a chum ar deanamh comasach air a bhi cleachdadh naomhachd, dìreach mar a dh'fheumas na comhfhurtachdan sin a thighinn air thoiseach air dleasdanas an lagha. Ach is còir oidhirp a dheanamh air solus a chur air an dearbhachd so:

Is e cuid mhòr de obair a' chreidimh teàrnaidh a bhi glanadh a' chridhe, agus a bhi 'g ar deanamh comasach air a bhi beò agus a' gluasad tre ghràs Chriosd, agus tre Chriosd e fhéin a bhi beò annainn, ann an cleachdadh na h-uile naomhachd. Ach cha 'n urrainn creideamh so a dheanamh mur a bi tomhais de dhearbhachd aig an duine air a chòir ann an Criosd agus 'n a shlàinte. Ma 's

maith leinn a bhi beò do Dhia, le Criosd a bhi beò annainn, mar a tha Pòl ag radh, feumaidh sinn a dheanamh cinnteach dhuinn fhìn, mar a rinn Pòl: Ghràdhaich Criosd mi agus thug e e fhéin air mo shon (Gal. ii. 20). Tha e air a theagasg dhuinn, ma's beò dhuinn 's an Spiorad gu'n gluais sinn 's an Spiorad (Gal. v. 25). Is e dànadas gun chòir a tha ann sinn a bhi feuchainn ri bhi beò os cionn ar neart nàdurach leis an Spiorad roimh dhuinn a dheanamh cinnteach gu bheil sinn beò tre'n Spiorad. Mur bheil sinn dha-rìreadh a' creidsinn gu bheil sinn marbh do'n pheacadh agus beò do Dhia tre Chriosd, agus gu'n dh' éirich sinn maille ri Criosd, agus nach 'eil sinn fo'n lagh ach fo ghràs, agus 'n ar buill de chorp Chriosd, teampull a Spioraid, agus 'n ar clainn do Dhia, cha bhiodh ann ach ceilg a bhi beò do Dhia air bhonn nan sochairean sin, mar gu measadh sinn gu'n robh còir againn annta.

Cha 'n 'eil creideamh eile ann a dh' oibricheas tre ghràdh, agus mar sin a dh' oibricheas a chum slàinte (Gal. v. 6). Tha an t-Abstol Seumas a' cur mar fhiachaibh ort do chreideamh a nochdadh le d' oibribh (Seum. ii. 18). Anns an dearbhadh sin tha an creideamh beò a' faotainn moladh agus urram. An uair a ghairm Dia a shluagh a

dheanamh miorbhuilean leis, bha na h-uile nì air a dheanamh comasach dhaibh; agus is tric a rinn e gniomharran fìreantachd a tha airidh air a bhi air am meas mar mhiorbhuilean mòra spioradail. Is ann as an sin a fhuair sluagh Dhé an t-seasmhachd threun sin tre 'n do dheàlraich an ùmhlachd choimhlionta do Dhia, ann am fulangas agus ann an gniomh, a tha air a chur sios anns na Sgriobturan naomha agus ann an eachdraidh na h-Eaglais.

X

Dleasdanas A Bhi Creidsinn

Tha e soilleir gu leòr gur e creideamh ann an Criosd an dleasdanas leis a bheil beatha naomh a' toiseachadh, agus leis a bheil bunait gach dleasdanas eile air a shuidheachadh anns an anam. Chaidh a dheanamh soilleir gu leòr gu bheil Criosd e fhéin, maille ris gach sochair a tha feumail air son cleachdadh naomh, air a ghabhail anns a' chridhe tre chreidimh. Is e so an gràs

aonaidh leis a bheil Spiorad Dhé a' ceangal snaim a' phòsaidh dhiamhair eadar Criosd agus sinne—leis a bheil e 'g ar deanamh 'n ar geugan anns an fhionan fhìor—'n ar buill anns a' chorp uasal ud, air ar n-aonadh ris a' Cheann òirdhearc—'n ar clachan beò anns an teampull spioradail ud, air a thogail air a' chlaich-oisinn bheò agus luachmhor, an sàr bhunait—'n ar luchd-compàirt dhe 'n aran agus dhe 'n deoch a thàinig a nuas bho néimh, agus a tha toirt beatha do'n t-saoghal. Ma chuireas sinn a' cheisd, "Ciod a nì sinn a chum gu'n oibrich sinn oibribh Dhé?" tha Criosd a' freagart, "Gu'n creid sinn annsan a chuir e uaithe" (Eoin vi. 28, 29). Tha e 'g ar cur an toiseach ri obair a bhi creidsinn, ni as e *obair* Dhé air mhodh sonruichte, obair nan oibribh, a chionn gur ann uaithe a tha gach deagh obair a' sruthadh.

Is e so A' CHEUD obair—feumaidh tu gach dìchioll a dheanamh anns an obair so, eadhon a bhi creidsinn ann an Criosd. Feumaidh sinn dìchioll a dheanamh air dol a steach do'n fhois sin air eagal gu'n tuit aon neach tre as-creidimh (Eabh. iv. 11). Feumaidh sinn dìchioll a nochdadh chum làn-dearbhachd an dòchais gus a' chrioch, a chum gu 'm bì sinn 'n ar luchd-leanmhuinn

orrasan a tha tre chreidimh agus fhoighidinn a' sealbhachadh nan geallaidhean (Eabh. vi. 11, 12). Is e obair a tha ann a tha ag iarraidh neart agus cumhachd, agus air an aobhar sin tha sinn a' cur feum air a bhi air ar neartachadh le cumhachd 's an duine an taobh a stigh, a chum gu'n gabh Criosd comhnuidh 'n ar cridheachan tre chreidimh (Eph. iii. 16, 17). Ged a tha e air a dheanamh furasda le tarruing gràdh Chriosd air a' chridhe, tha e air a dheanamh ro dhuilich le truaillidheachd ar nàduir agus le buairidhean Shàtain. Ged nach urrainn sinn an obair mhòr so a dheanamh ann an dòigh cheart gus an oibrich Spiorad Dhé creideamh 'n ar cridheachan le chumhachd ro-mhòr, gidheadh tha e iomchuidh gu'n deanadh sinn oidhirp, eadhon roimh dhuinn mothachadh a bhi againn air Spiorad Dhé a bhi ag oibreachadh gu h-éifeachdach annainn, no a bhi toirt dhuinn neart gu creidsinn. Is e an dòigh air a bheil an Spiorad ag oibreachadh creideamh anns an taghadh, a bhi 'g an gluasad gu oidhirp a dheanamh air creidsinn. Cha 'n oibrich an Spiorad creideamh gu h-éifeachdach, cha mho bheir e neart gu creidsinn, gus an dean sinn an oidhirp. Mar a dh'aithnichear siol anns an talamh le e bhi fàs, aithnichear gràsan a stigh

agus cleachdaidhean a muigh, an uair a tha iad a' gniomhachadh. Cha 'n fhaic sinn gràdh 'n ar cridheachan do Dhia no do dhuinne gus am bi e air a chleachdadh. Uime sin, cho luath 's is aithne dhuinn dleasdanas a bhi creidsinn, is còir dhuinn air ball oidhirp dhùrachdach a thoirt air a dheanamh, agus anns an oidhirp sin chì sinn mar a tha Spiorad Chriosd 'g ar neartachadh gu bhi creidsinn, ged nach urrainn fios a bhi againn air an sin roimh làimh.

Feumaidh sinn mar an ceudna oidhirp a thoirt air an dleasdanas so a dheanamh ann an *dòigh* cheart. Is e nì ro chudthromach a tha an so, oir ma tha sinn as aonais cha 'n urrainn ar creideamh a bhi éifeachdach a chum slàinte agus naomhachadh. Feumaidh dleasdanas mòr a' ghràidh, nì as e crioch an lagha agus priomh thoradh na naomhachd sruthadh bho chreidimh neo-chealgach (1 Tim. i. 5).

Mar a chunnaic sinn, tha dà ghniomh anns a' chreidimh theàrnaidh: air an darna làimh, a bhi creidsinn firinn an t-soisgeil, agus air an làimh eile, a bhi creidsinn air Criosd, mar a tha e air fhoillseachadh, agus air a ghealltainn gu saor anns an t-soisgeul, air son uile shlàinte. A nis, feumar an dà nì so a dheanamh ann an dòigh cheart.

Anns a' *cheud* aite, tha e ro-chudthromach gu 'n deanadh sinn oidhirp air creideamh ceart a bhi againn ann am fìrinn soisgeul Chriosd, a chum gu 'm bì sinn air ar cur ann am fonn agus air ar misneachadh gu bhi creidsinn ann an Criosd mar a tha e air fhoillseachadh agus air a ghealltainn anns an t-soisgeul. Feumaidh tu chreidsinn gu cinnteach, nach 'eil dòigh air teàrnadh gun a bhi gabhail ri *uile* shochairean teàrnaidh Chriosd, a Spiorad cho cinnteach ri airidheachd, naomhachadh cho cinnteach ri maitheanas peacaidh, *tre chreidimh.* Tha e 'n a sgrios air iomadh anam gu bheil iad ag earbsa ri Criosd air son maitheanas peacaidh gun ghuth air naomhachd. Tha an dà nì mhòr sin, maitheanas agus naomhachadh, air an ceangal ri chéile ann an Criosd, ann an dòigh nach gabh sgaradh, agus mar sin cha 'n 'eil duine air a chur saor bho dhìteadh le Criosd, nach 'eil air a dheanamh comasach air a bhi gluasad gu naomha, cha 'n ann a réir na feòla ach a réir an Spioraid (Rom. viii. 1). Tha e mar an ceudna 'n a sgrios air anamaibh gu bheil iad ag iarraidh maitheanas peacaidh tre chreidimh ann an Criosd, agus ag iarraidh naomhachd, cha 'n ann tre chreidimh, ach air dhòigh eile, eadhon le an oidhirpean féin a réir an lagha. A nìs, cha 'n urrainn dhuinn a chaoidh

a bhi beò do Dhia ann an naomhachd, ach le bhi marbh do'n lagh agus a bhi beò a mhàin le Criosd a bhi beò annainn tre chreidimh. Cha naomhaich an creideamh ud sinn a chaoidh nach 'eil a' gabhail naomhachd cho maith ri maitheanas peacaidh bho Chriosd, agus air an aobhar sin cha toir e sinn a chaoidh gu glòir néamhaidh (Eabh. xii. 14).

Feumaidh tu bhi air do dheanamh cinnteach á gealladh saor coitchionn an t-soisgeil *dhuit fhéin*, ma 's maith leat a bhi creidsinn gu h-ionraic ann an Criosd gu 'm bi a' bheatha mhaireannach agad, cho cinnteach ri neach sam bith eile air an t-saoghal, gun obair lagha sam bith a dheanamh mar chumha air còir fhaotainn ann an Criosd. Oir tha an gealladh, "Ge b'e chreideas ann cha chuirear gu nàire e" (Rom. ix. 33) do na h-uile gu'n leith-bhreith.

Feumaidh tu chreidsinn gu cinnteach gur e toil Dhé gu 'm bu chòir dhuitse, cho cinnteach ri neach sam bith eile, creidsinn ann an Criosd, agus beatha mhaireannach a bhi agad trìdsan, agus gu bheil *thu bhi creidsinn* 'n a dhleasdanas a tha ro-thaitneach do Dhia, agus gu'n cuidich e thusa cho maith ri neach sam bith eile anns an obair so, do bhrìgh gu bheil e 'g a do ghairm agus

ag àithne dhuit leis an t-soisgeul creidsinn ann an Criosd. Tha so a' toirt oirnn tòiseachadh gu suilbhire air obair a' chreidimh, mar, an uair a dh' àithn Iosa an duine dall a bhi air a ghairm, a thuirt iad ris, "Biodh deagh mhisneachd agad, éirich, tha e 'g a do ghairm" (Marc. x. 49). Thug àithne Chriosd air Peadair imeachd air an uisge (Mat. xiv. 29). Cha 'n 'eil sinn a' gabhail gnothuich ann an so ri rùn diamhair Dhé anns an taghadh, no ri rùn a thoile gràs a' chreidimh a thoirt do chuid seach do chuid eile, ach a mhàin ri thoil fhoillsichte, 'n a chuiridhean agus 'n a àithntean gràsmhor, tre bheil e air iarraidh oirnn creidsinn ann an Criosd.

Anns an *darna* h-àite, tha a bhi gabhail ri Criosd e fhéin, agus r'a Spiorad, agus uile shochairean slàinteil gu sonruichte anns a' chridhe —nì as e bhi creidsinn ann an Criosd mar a tha e air fhoillseachadh agus air a thairgse dhuinn gu saor anns an t-soisgeul air son uile shlàinte. Tha Spiorad Dhé gu daonnan ag aomadh ar cridheachan gu bhi a' gabhail ri Criosd e fhéin le bhi 'g ar deanamh comasach air a bhi creidsinn fìrinn an t-soisgeil. Agus feumaidh sinn ùmhlachd a thoirt do 'n fhìrinn so bho ar cridheachan, agus a leantainn mar ar riaghailt anns an dòigh anns an

cleachd sinn creideamh air Criosd air son slàinte. Feumaidh sinn creidsinn ann an Criosd mar neach a tha 'n a aonar foghainnteach agus uile-fhoghainteach air son ar sonas agus ar slàinte.

Feumaidh sinn mar an ceudna gabhail ri Criosd mar thiodhlac saor do *chinn-fheadhna* nam peacach, a' rùnachadh nach dean sinn nì sam bith mar chumha air coir-sheilbh air, ach gu 'n tig sinn d'a ionnsuidh mar pheacaich chaillte, ag earbsa As-san a dh' fhìreanaicheas an duine neo-dhiadhaidh.

Nì eile as còir a thoirt fainear gu sonruichte, gu feum sinn a thighinn gu Criosd air son cridhe naomh nuadh agus beatha, agus gach nì a bhuineas dhaibh, cho cinnteach 's a dh' fheumas sinn a thighinn d' a ionnsuidh air son saorsa bho fhearg Dhé agus bho phianntan ifrinn.

Anns an *treas* àite feumaidh sinn *gun dàil sam bith* a chur anns an obair mhòr a bhi creidsinn ann an Criosd. Bu chòir dhuinn cabhag a dheanamh, cha 'n e dàil, ann a bhi coimhead àithntean Dhé (Salm cxix. 60); agus teicheadh air son dìdeann chum an dòchais a chuireadh romhainn (Eabh. vi. 18). Tha Dia ag àithne dhuinn teicheadh mar so tre chreidimh, oir as eugmhais so cha 'n 'eil e comasach Dia a

thoileachadh ann an dleasdanasan eile. Is e gné na h-obair so gu faodar a deanamh cho luath 's a chluinnear an soisgeul. "Cho luath 's a chluinneas iad, geillidh iad dhomh" (Salm xviii. 44). Tha cuid a' smaoineachadh, air dhaibh soisgeul slàinte tre Chriosd a chluinntinn, gu faod iad gu dligheach dàil a chur ann a bhi 'ga chreidsinn, gus an dean iad mion-rannsachadh air fìrinn teagasgan eile, no gus an toigh le Dia làn dearbhadh a thoirt dhaibh air fìrinn an t-soisgeil tre mheadhonan eile. Mar so tha cuid de 'n goirear luchd-iarraidh a' mi-bhuileachadh là nan gràs, a ghnàth a' foghlum 's gu bràth gun a bhi tighinn gu eòlas na Fìrinn (2 Tim. iii. 7).

Tha cuid eile ann a tha cur dàil ann an obair mhòr a' chreidimh, a chum sgrios an anamaibh. Tha iad a' cur earbsa ann a bhi fritheàladh air na meadhonan an àite oidhirp sam bith a dheanamh air a bhi gabhail ri Criosd tre chreidimh, ged a tha dearbhadh aca air firinn an t-soisgeil. Their iad ris an so, a bhi feitheamh air Dia aig dorsan a ghràis agus a shlàinte, le bhi cleachdadh na meadhonan a chomharraich e. Ach biodh fhios aca nach e so a bhi feitheamh gu ceart air Dia mar a tha sin air iarraidh anns na Sgriobturan. Is e a tha ann eas-ùmhlachd do Dhia, agus do

mheadhonan a chomharrachaidh, a tha ag iarraidh gu 'm bi sinn 'n ar luch-deanamh an Fhacail, cha 'n e luchd-éisdeachd a mhàin, 'g ar mealladh féin (Seum. i. 22).

Co ris a tha a' mhuinntir sheachranach ud a' feitheamh roimh dhaibh dleasdanas a chreidimh a chur an gniomh? An ann ri tuilleadh eòlais air an t-soisgeul? Is e an aon dòigh air d'eòlas a chur am meud, agus gach tàlann eile, a bhi a' cur am feum an t-eòlas a fhuair thu. Creid ann an Criosd le d' uile chridhe air son do shlàinte uile, a réir a' bheagan eòlais a tha agad, agus gheibh thu seilbh air gealladh an eòlais anns a' chùmhnanta nuadh, "Cuiridh iad eòlas orm uile o'n neach as lugha gus an neach as mò, deir an Tighearna" (Ier. xxxi. 34). A bheil thu a' feitheamh ri foillsichidhean no dòirteadh a steach air gràdh tearnaidh Dhé 'n a d' anam? Is e an dòigh air fhaotainn a bhi creidsinn—mar sin lionaidh Dia an dòchais thu leis gach uile aoibhneas agus shìth ann a bhi creidsinn (Rom. xv. 13). Tha foillseachadh gu leòr agad air gràdh Dhé dh' a d' anam ann an geallaidhean saor na beatha agus na slàinte tre Chriosd. Earb ann an ainm an Tighearna, agus suidhich thu féin air do Dhia, an uair a tha thu a' gluasad ann an dorchadas

agus nach 'eil mothachadh agad air comhfhurtachd air dhòigh eile. Is diomhain a bhi feitheamh air son comhfhurtachd ach air an dòigh sin. A bheil thu feitheamh ri buadhan sonruichte chum d' ullachadh gu bhi creidsinn? Ma 's e buadhan naomh a tha annta cha 'n urrainn thu am faotainn gus an creid thu.

Anns a' *cheathramh* àite, bu chòir dhuinn a bhi *buanachadh* agus a' *fàs* anns a' chreidimh ro naomha so. Cha 'n fhaod sinn a bhi smaoineachadh, aon uair 's gu'n d' fhuair sinn gràs a' chreidimh, agus a bhi air ar n-ath-ghineamhuinn ann an Criosd, is ar n-ainmean air néimh, gu faod sinn a bhi coma tuilleadh. Cho fada 's a tha sinn anns a' bheatha so feumaidh sinn a bhi buanachadh anns a' chreidimh (Col. i. 23), ceud thòiseachadh ar muinghinn a ghleidheadh, agus gàirdeachas an dòchais, gu daingeann gus a' chrioch (Eabh. iii. 6, 14); agus sinn fhìn a thogail suas 'n ar creidimh ro-naomh (Iude 20), a' sìr-mheudachadh ann le buidheachas (Col. ii. 7). Ged tha sinn a' gabhail ri Criosd gu saor tre chreidimh, tha sinn 'n ar naoidheanan ann an Criosd (1 Cor. iii. 1), agus cha 'n fhaod sinn a bhi meas gu'n chuir sinn gréim, no gu bheil sinn a cheana iomlan (Phil. iii. 12, 13); ach feumaidh sinn strìth a dheanamh

chum a bhi air ar freumhachadh agus air ar togail suas ann-san gus am bi sinn 'n ar daoine iomlan a réir lànachd Iosa Criosd (Eph. iv. 13). Ma tha an nàdur nuadh annainn tre'n ath-ghineamhuinn, bidh càil aige, mar aig an naoidhean, a chum gu fàs e agus gu'n ruig e air iomlanachd (1 Pead. ii. 2). Agus cha 'n e mhàin gu feum sinn gabhail ri Criosd agus nàdur naomh ùr tre chreidimh, ach mar an ceudna a bhi beò agus a' gluasad leis, agus cur an aghaidh an diabhuil, a' mùchadh a ghathan teinnteach uile, agus mar an ceudna a bhi fàs ann an gràs, gu ruig sinn air naomhachd iomlan ann an eagal Dhé, oir tha sinn air ar gleidheadh le cumhachd Dhé tre chreidimh a chum slàinte (1 Pead. i. 5). Mar is e ar n-uile chòmhrag mar chriosduidhean deagh chòmhrag a' chreidimh, mar sin tha *beatha spioradail gu léir* agus naomhachd a' fàs no a' seargadh annainn *a réir 's mar a tha creideamh a' buanachadh, a' fàs, no a' searg a thaobh neart.* Ach an uair a tha an creideamh so a' tòiseachadh air dol fodha tre eagalan agus theagamhan, tha an duine fhéin a' tòiseachadh air a bhi dol fodha mar an ceudna (Mat. xiv. 29-31). Tha creideamh coltach ri làmhan Mhaois—an uair a tha iad air an togail suas tha bhuaidh le Israel, an uair

a tha iad air an leigeil sios tha bhuaidh le Amalec (Ecs. xvii. 11).

Ma tha thu faotainn nach 'eil a bhi creidsinn anns an dòigh cheart so a' toirt a mach nan toraidhean naomhachd as miann leat, cha 'n ann na's lugha ach na's modha is còir dhuit do mhuinghinn a chur an Criosd, is fhios agad gu faod anmhuinneachd do chreidimh a thoraidhean a chumail air ais, agus mar is mò do mhuinghinn a thaobh gradh Dhé a bhi dhuit ann an Criosd, is ann is mò bhios do ghràdh do Dhia agus d'a sheirbhis. Ma 's e 's gu 'n tuit thu ann am peacadh follaiseach an déidh do'n obair tòiseachadh annad, mar a rinn Daibhidh agus Peadair, na smaoinich gu feum thu do mhuinghinn a thilgeadh uait, agus gun dùil a bhi agad ri nì ach fearg bho Dhia agus bho Chriosd, agus nach fhaod thu comhfhurtachd a ghabhail tre ghràs Chriosd, co dhiùbh car greis. Ma nì thu sin 's ann is dòcha thu tuiteam ann am peacaidhean eile. Gu 'm bu h-àill leat strìth gu bhi ag earbsa le muinghinn as mò, oir tha Feartagraidh agad maille ris an Athair, Iosa Criosd, am Fìrean, neach as e an ìobairt-réite air son ar peacaidhean (1 Eoin ii. 1, 2). Na leig le cionta peacaidh còmhnuidh *idir* a ghabhail air do choguis, ach glan air falbh e leis an uile chabhaig ann an

tobair fuil Chriosd, a chaidh fhosgladh air ar son, a chum a bhi deiseil ri aghaidh ar feum 'n a leithid sin a shuidheachadh. Dean strìth a chum creideamh a ghleidheadh agus a chur am meud tre chreidimh, air dhuit dearbh-chinnt a bhi agad, an Ti a thòisich an deagh obair annad gu'n toir e air adhart i gu là Iosa Criosd (Phil. i. 6).

XI

Naomhachd Tre Chreidimh

Tha e ro-chudthromach gu'n toir sinn fainear an *dòigh* cheart air a bhi deanamh oibribh an lagha—is e sin *dòigh* agus *meadhonan soisgeulach.* Is e so an innleachd bheannaichte anns am bu chòir do gach criosduidh a bhi ealanta. Is e is aobhar gu bheil mòran air an cur gu nàire agus amhluadh, an déidh dhaibh a bhi saoithreachadh ùin cho fada le eud agus dìchioll ag iarraidh fior dhiadhachd, nach robh eòlas aca a riamh air an innleachd so, agus nach d'thug iad a riamh

oidhirp air a chur ann an cleachdadh ann an dòigh cheart an t-soisgeil.

Is e dòigh a tha ann an so a tha fada os cionn comas nàduir—dòigh nach robh a riamh air a thighinn a steach air cridheachan nan daoine as glice air an t-saoghal mur biodh e air fhoillseachadh dhuinn anns na Sgriobturan. Agus ged a tha e air fhoillseachadh ann an sin fhéin, tha e fuireach 'n a thòimhseachan dhaibhsan nach 'eil air an soillseachadh 's an taobh a stigh agus air an teagasg leis an Spiorad Naomh. *Is e so an t-aobhar gu bheil mòran de chreidmhich bhochd cho lag ann an Criosd*, agus a' ruighinn air inbhe cho iosal ann an naomhachd.

Ach chì sinn anns A' CHEUD àite gu bheil na Sgriobturan Naomha glé shoilleir ann a bhi 'g ar seòladh anns an dòigh anns an còir so a bhi air a chleachdadh agus a bhi fàs ann.

1. Tha so air a chur sios anns an Sgriobtur fo 'n ainm "beò tre chreidimh," "gluasad tre chreidimh," "creideamh ag oibreachadh tre ghràdh," "toirt buaidh air an t-saoghal tre chreidimh," "mùchadh uile ghathan teinnteach an droch aon le sgiath a' chreidimh." Tha cuid ann nach 'eil a' deanamh barrachd de bhi beò agus a' gluasad tre chreidimh na mhàin a bhi 'g an spreòtadh agus

'g am misneachadh fhéin gu bhi deanamh an dleasdanas leis na fìrinnean a tha iad a' creidsinn. Ach ma 's e so na bha air a chiallachadh leis na briathran ud, dh' fhaodadh na h-Iudhaich a mheas gu'n robh iad beò tre chreidimh, oir dh' aidich iad teagasg Mhaois agus nam fàidhean, agus bha iad air an gluasad leis gu eud air son Dhé. Ach an àite sin tha e air innseadh gu soilleir dhuinn gu'n robh iad ag iarraidh fìreantachd, cha b'ann tre chreidimh ach tre oibribh an lagha (Rom. ix. 32). Mar is e an aon nì a bhi beò tre chreidimh agus le Criosd, air dhuinn creidsinn ann, mar sin tha bhi beò, a' gluasad, agus ag oibreachadh tre chreidimh a' ciallachadh an aon nì agus a bhi beò, a' gluasad, ag oibreachadh tre Chriosd agus a thiodhlacan teàrnaidh, a tha sinn a' gabhail agus a' cur gu buil tre chreidimh, a chum ar treòrachadh agus ar gluasad gu cleachdadh naomhachd.

2. Tha an nì ceudna air a mholadh dhuinn leis na briathran, "gluasad ann an Criosd," "air 'ur freumhachadh agus air 'ur togail suas annsan," "beò do Dhia, cha 'n ann dhuinn fhìn, ach le Criosd a bhi beò annan." Tha briathran mar so lionmhor, agus a' cur solus air a' chéile, agus a' nochdadh gu feum sinn naomhachd a chleachdadh,

cha 'n ann a mhàin le ùghdarras Chriosd, ach mar an ceudna le a thiodhlacan neartachaidh 'g ar gluasad agus 'g ar misneachadh.

3. Tha e mar an ceudna air a nochdadh leis na briathran, "a bhi làidir anns a' ghràs a tha ann an Iosa Criosd," "ar caithe-beatha againn anns an t-saoghal, cha 'n ann an gliocas feòlmhor, ach tre ghràs Dhé," a' saoithreachadh gu pailt "tre ghràs Dhé a tha maille ruinn." Faodaidh sinn mar sin a bhi tuigsinn le "gràs" sochairean ar staid nuadh ann an Criosd, leis 'm bu chòir dhuinn a bhi air ar seòladh ann a bhi cur an gniomh dleasdanasan naomha.

4. Tha e cuideachd air a theagasg dhuinn leis na briathran, a bhi "cur dhibh an t-seann duine agus a cur umaibh an duine nuadh," a bhi seachnadh peacaidh "do bhrìgh gu'n chuir sinn dhinn an seann duine 's gu'n chuir sinn umainn an duine nuadh." Chunnaic sinn an àite eile nach 'eil an seann duine agus an duine òg a' ciallachadh a mhàin peacadh agus naomhachd—tha an seann duine a' ciallachadh ar staid nàduir, leis gach nì a bhuineas dha, leis a bheil sinn air ar n-uidheamachadh a mhàin a chum a bhi cleachdadh peacaidh—tha an duine nuadh a' ciallachadh ar staid nuadh ann an Criosd, leis a bheil gach

meadhon feumail air a bhuileachadh oirnn a chum a bhi cleachdadh naomhachd.

5. Tha sinn gu bhi a' tuigse an nì ceudna an uair a tha e air a theagasg dhuinn a bhi "gluasad cha 'n ann a réir na feòla ach a réir an Spioraid, a chum gu 'm bi sinn saor bho lagh a' pheacaidh, agus a chum gu 'm bi fìreantachd an lagha air a choimhlionadh annainn" (Rom. viii. 1-4), agus "tre'n Spiorad a bhi marbhadh gniomharran na colla," agus a bhi air ar "treòrachadh leis an Spiorad, a chionn gu bheil sinn beò tre'n Spiorad, agus gu'n cheus sinn an fheòil maille ri h-an-tograibh 's a h-ana-miannaibh (Gal. v. 24). Tha an t-Abstol a' nochdadh leis na briathran so, cha 'n e mhàin gu feum sinn naomhachd a chleachdadh, ach na meadhonan leis an urrainn sinn a dheanamh gu h-éifeachdach. Leis "an fheòil" tha e a' ciallachadh ar seann nàdur, a fhuair sinn bho 'n cheud Adhamh, agus leis "an Spiorad" tha e a' ciallachadh Spiorad Chriosd, agus an nadur nuadh sin a tha againn le esan a bhi chomhnuidh annainn. Mar sin an uair a tha e air a theagasg dhuinn "seirbhis a dheanamh ann an nuadhachd spioraid agus cha 'n ann an seanachd na litreach, a chum gu 'n toir sinn a mach toradh do Dhia," tha e ciallachadh gu feum sinn oidhirp a dheanamh

air a bhi giùlan toradh na naomhachd, cha 'n ann tre'n lagh—an litir marbhaidh sin ris a bheil an fheòil posda, agus tre bheil gluasadan a' pheacaidh annainn, ach leis an Spiorad agus a shaoibhreasan eugsamhla dhe bheil seilbh againn 'n ar staid nuadh tre phòsadh diamhair ri Criosd (Rom. vii. 4-6), agus tre na buadhan sin a bhuineas do'n staid nuadh, tre bheil an Spiorad air a fhrithealadh dhuinn.

6. Is e so an dòigh gluasad a tha an t-Abstol a' seòladh dhuinn, an uair a tha e a' teagasg dhuinn le eisimpleir fhéin gur e an obair bu chòir a bhi againn an comhnuidh a bhi faotainn eòlas air Criosd, agus air cumhachd as-eirigh, agus air co-chomunn fhulangais, air dhuinn a bhi air ar cur an co-chruth r'a bhàs, ma 's e 's air chor air bith gu'n ruig sinn air as-eirigh nam marbh, agus a bhi fàs anns an eòlas so agus a' dian-ruith ann (Phil. iii. 10-12, 14). Tha e gu cinnteach a' ciallachadh a leithid sin a dh' eòlas mothachail a bhi againn air Criosd, agus air a bhàs agus as-eirigh, is a chuireas sinn gu sonruichte an co-chruth ris, ann a bhi bàsachadh do'n pheacadh agus beò do Dhia. Agus bu mhaith leis mar sin ar seòladh gu bhi deanamh làn fheum de Chriosd, de a bhàs agus as-eirigh tre chreidimh, mar mheadhon cumh-

achdach nan uile naomhachd an cridhe 's am beatha; agus a bhi fàs anns an dòigh gluasad so gus an ruig sinn air iomlanachd ann an Criosd.

Agus a *rìs* a chum gu 'm bi ar ceuman air an stiùireadh gu ceart ann an slighe na naomhachd tha teagasgan sonruichte as còir dhuinn a thoirt fainear, a chum gu'n aithnich sinn slighe na naomhachd agus gu'n gluais sinn gu ceart innte, a réir a' gheallaidh ghràsmhor, "Cha téid am fear-turuis no na daoine baoghalta air seacharan ann" (Isa. xxxv. 8).

1. Is còir dhuinn a thoirt fainear gu dìchiollach 'n ar n-uile ghluasad, ged a tha sinn 'n ar luchd-seilbh air staid naomha nuadh tre chreidimh ann an Criosd, gidheadh tha ar staid nàduir a' buannachadh ann an tomhais le uile bhuadhan truaillidh. Fhad 's a tha sinn beò anns an t-saoghal so is ann a mhàin tre chreidimh a tha sinn a' deanamh gréim air Criosd agus air iomlanachd, ach le mothachadh agus reuson faodaidh sinn mòran fhaotainn annainn fhìn a tha an aghaidh Chriosd. Agus tha an creideamh so neo-iomlan, air dhòigh 's gu bheil aobhar aig fìor chreidmhich a bhi a' guidhe air Dia gu'n cuidich e le am mì-chreidimh (Marc. ix. 24).

Uime sin ged a tha sinn a' gabhail ri Criosda

iomlan tre chreidimh, gidheadh cha 'n 'eil ar seilbh mothachail air ach mì-iomlan, ged a tha dòchas againn, fhad 's a tha sinn anns an t-saoghal so a sheilbheachadh ann an tomhais as àirde na rinn sinn fhathast. Cha 'n 'eil sinn fhathast ach lag ann an Criosd (2 Cor. xiii. 4), 'n ar clainn an coimeas ris an iomlanachd ris a bheil sùil againn ann an saoghal eile (1 Cor. xiii. 10, 11), agus feumaidh sinn a bhi fàs gus an ruig sinn inbhe an duine iomlan (Eph. iv. 13). Agus tha cuid 'n an clainn na 's laige na feadhainn eile, agus ghabh iad ri Criosd ann an tomhais cho beag agus gu faodar am meas feòlmhor an àite a bhi spioradail (1 Cor. iii. 1). Agus a chionn gu bheil uile bheannachdan agus iomlanachdan ar staid nuaidh —mar a tha fìreanachadh, tiodhlac an Spioraid agus an nàdur naoimh, agus uchd-mhacachd—air an tasgaidh suas ann an Criosd agus do-sgaraichte bho Chriosd, cha 'n 'eil e an comas dhuinn an seilbheachadh ann an tomhais na 's mò na tha sinn a' gabhail ri Criosd e fhéin tre chreidimh, nì nach 'eil sinn a' deanamh ach ann an tomhais mi-iomlan anns a' bheatha so.

Tha e air a radh nach 'eil iad anns an fheòil ach anns an Spiorad, a chionn gur e bhi anns an Spiorad an staid as fhearr agus as maireannaiche.

Ach tha an fheòil annta agus tha an leòr r' a dheanamh aca ann a bhi marbhadh gniomharran na colla (Rom. viii. 9, 13).

2. An àite dùil a bhi agad gu'n glan thu an fheòil, no an duine nàduir, bho ana-miannan, agus gu'n cleachd thu naomhachd le bhi rùnachadh d' uile dhìchioll a dheanamh, an dòchas gu'n cuidich Dia thu le ghràs, gu 'm bu h-àill leat *earbsa ri Criosd gu'n oibrich e annad* araon an toil agus an gniomh le a chumhachd fhéin, a réir a dheagh-ghean fhéin. Tha iadsan air an do dhearbhadh am peacadh agus an truaighe a' smaoineachadh gu tric gu feum iad an toiseach an fheòil a cheannsachadh agus a h-ana-miann a spionadh á bun, agus gu'n téid aca air an nàdur truaillidh a dheanamh na's fhearr agus na's usa a lùbadh ri naomhachd le bhi a' strìth agus a' gleachd ris. Agus ma 's e 's gu'n téid aca air an cridheachan a thoirt gu làn rùn agus dhùrachd, na's fhearr as urrainn iad a dheanamh, tha iad an dòchas gu 'm bi iad comasach le leithid sin a dhùrachd buaidh mhòr a chosnadh thairis air an ana-miannan, agus na dleasdanasan as duiliche a dheanamh. Agus tha iad an dùil nach 'eil so an aghaidh beatha a' chreidimh, do bhrìgh gu bheil iad *ag earbsa á gràs Dhé tre Chriosd an*

cuideachadh anns na h-oidhirpean agus anns na rùintean sin. Tha iad mar sin a' feuchainn ri an seann staid ath-leasachadh, agus a bhi air an deanamh iomlan anns an fheòil, an àite bhi 'g a chur dhiubh, agus a bhi gluasad a réir na staid nuadh ann an Criosd. Tha iad ag earbsa á nithean feòlmhor air son naomhachd, agus á gniomharran an toile fhéin, as an oidhirpean fhéin, an àite a bhi ag earbsa á Criosd. Agus tha iad *ag earbsa á Criosd a chum an cuideachadh* anns an dòigh fheòlmhor so. Ach air an làimh eile tha fìor chreideamh a' teagasg nach 'eil annta ach neo-ni, agus saoithir dhiomhain.

Bu cho maith dhaibh feuchainn ri duine dubh a nighe gus am bi e geal, ri dùil a bhi aca an fheòil, no an duine nàduir, a ghlanadh bho ana-miannan olc agus a dheanamh glan agus naomh. Tha e olc thar gach uile ni, tha e do-leighis. Tha iadsan leis am b'àill an fheòil a leigheas agus a deanamh naomh le an rùintean agus an oidhirpean féin 'g an cleachdadh fhéin an aghaidh crioch àraidh bàs Chriosd, oir bhàsaich e, cha 'n ann a chum gu 'm biodh an seann nàdur air a dheanamh naomh, ach a chum gu 'm biodh e air a cheusadh agus air a sgrios asainn (Rom. vi. 6), agus gu 'm biodh sinn beò do Dhia, cha 'n ann le cumhachd

nàdurach ar n-oidhirpean fhìn, ach le Criosd a bhi beò annainn, agus le a spiorad a bhi a' toirt a mach toraidhean na fìreantachd annainn (Gal. ii. 20; v. 24, 25). Uime sin is e ar cuid a bhi fàgail an duine nàduir truaillidh agus aingidh mar a fhuair sinn e, gus am bi e air a chur air chùl gu tur le bàs. Cha 'n ann le bhi 'g an glanadh a mach as an fheòil, ach le bhi cur dhinn na feòla fhéin, a mharbhas sinn aignidhean peacach agus ana-miann, is e sin, *le bhi faotainn a steach ann an Criosd tre chreidimh, agus a' gluasad anns an nàdur nuadh sin trìd-san.* Mar so "tha slighe na beatha shuas do'n duine ghlic a chum dol as bho ifrinn shios" (Gnàth. xv. 24). Cha 'n ann 'n ar toil, 'n ar rùn, 'n ar n-oidhirp fhìn a dh' fheumas ar n-earbsa a bhi, ach gu 'm bu toigh le Criosd agus le cumhachd a Spioraid a bhi ag oibreachadh annainn, oir annainne, is e sin 'n ar feòil, cha 'n 'eil ni maith air bith a' gabhail comhnuidh. Tha barrantas mòr againn earbsa a chur ann an Dia agus ann an Criosd air son cuideachadh anns gach rùn agus oidhirp as déidh naomhachd, oir tha sin 'n a nì a tha a réir rùn Chriosd 'n ar saorsa, agus a réir dòigh beatha a' chreidimh. Cha leòr dhuinn earbsa chur ann an Criosd gu cobhair a dheanamh oirnn mar chreutaran nàdurach—tha na h-aingidh

air an cuideachadh mar sin (Gniomh. xvii. 28). Cha 'n 'eil teagamh nach cuireadh am Phariseach earbsa ann an Dia a chum a chòmhnadh ann an dleasdanas, mar a bheireadh e buidheachas do Dhia air son e dheanamh a dhleasdanais (Luc. xviii. 11). Agus is e so na tha daoine a' cleachdadh de chreidimh a chum a bhi beò beatha naomha. Ach *feumaidh sinn earbsa a chur ann an Criosd a chum ar deanamh comasach, os cionn neart ar cumhachd nàduir, leis an nàdur nuadh a tha againn ann an Criosd*, agus le a Spiorad a bhi chòmhnuidh agus ag oibreachadh annainn. Cha 'n fhaod sinn a bhi an crochadh, *air son naomhachd*, ri rùn a bhi gluasad ann an Criosd, no ri bòidean sgrìobhta, no ri naomhachd a fhuair sinn a cheana. Cha 'n 'eil éifeachd anns na nithean sin ach mar a tha sinn a' gluasad ann an Criosd agus Criosd annainn. Feumaidh iad a bhi air an cumail suas *le làthaireachd Chriosd a bhi annainn an còmhnuidh*, mar a tha solus air a chumail suas leis a' ghréin agus nach urrainn e bhi ann as a h-aonais.

3. Cha 'n fhaod thu a bhi ag iarraidh a bhi cosnadh maitheanas peacaidh, fàbhor Dhé, nàdur naomh nuadh, beatha, sonas tre oibribh lagha. Is ann *a dh' fheumas tu a bhi 'g obair mar neach aig*

a bheil na nithean so a cheana a réir do staid nuadh ann an Criosd—mar neach a tha 'g am faotainn na 's mò agus na 's mò *tre chreidimh*, is iad a cheana air an tasgaidh suas air do shon, agus air an toirt dhuit gu saor 'n a do Cheann Spioradail, an Tighearna Iosa Criosd. Ma tha sinn a' gluasad mar mhuinntir a tha ag iarraidh a bhi a' cosnadh nam beannachdan ud, tha sin 'n a chomharra soilleir gu bheil sinn 'g ar meas fhìn mar mhuinntir a tha as an aonais, agus as aonais Chriosd e fhéin—oir is ann 'n a lànachd-san a tha iad air an tasgaidh—agus uime sin tha sinn a' gluasad a réir ar staid nàduir, mar mhuinntir a tha fhathast anns an fheòil, agus a tha ag iarraidh slàinte anns an fheòil agus tre ar n-oibribh feòlmhor, an àite a bhi beò gu h-iomlan air Criosd tre chreidimh.

Is ann a tha an cleachdadh so a réir cùmhnant nan gniomh, agus cha 'n 'eil barrantas air bith againn earbsa a chur ann an Criosd a chum naomhachd oibreachadh air an dòigh so. Tha sinn marbh do'n lagh tre chorp Chriosd (Rom. vii. 4), agus ma tha sinn air ar treòrachadh leis an Spiorad cha 'n 'eil sinn fo'n lagh (Gal. v. 18). Tha Pòl a' cronachadh nan Galàtianach a chionn a bhi ag iarraidh iomlanachd tre'n lagh—tre'n

fheòil—nì a bha calg-dhìreach an aghaidh an deagh thòiseachadh anns an Spiorad. Bha iad a' deanamh Chriosd gun bhrìgh—bha iad air tuiteam bho ghràs (Gal. iii. 3; v. 4). Agus an uair a bha cuid dhe na Colosianaich ag iarraidh iomlanachd air an dòigh cheudna chuir Pòl as an leith nach robh iad ag aideachadh a' Chinn, Iosa Criosd, mar mhuinntir nach robh marbh agus air an togail maille ri Criosd—beò a mhàin anns an t-saoghal (Col. ii. 19, 20; iii. 1). Tha e a' nochdadh gu soilleir gu bheil iadsan a tha ag iarraidh sochairean teàrnaidh air an dòigh ud a' gluasad a réir an seann staid nàduir—gur e an fhior dhòigh air *a bhi beò tre chreidimh* ann an Criosd, a bhi gluasad mar mhuinntir aig a bheil uile lànachd agus iomlanachd bheannachdan spioradail ann an Criosd tre chreidimh, agus nach ruig a leas a bhi ag iarraidh an cosnadh air dhòigh sam bith eile. Uime sin is còir do na creidmhich a bhi 'g an cleachdadh fhéin, cha 'n ann mar mhuinntir a tha ag iarraidh beatha tre'n oibribh, ach mar mhuinntir a fhuair beatha a cheana bho Chriosd, agus a tha beò le cumhachd a tha iad a' faotainn uaithe-san.

4. Na smaoinich gu'n aom thu do chridhe gu naomhachd le cleachdaidhean nach dean ach do cheangal agus d' éigneachadh gu bhi deanamh

dleasdanasan naomha. Gu 'm bu h-àill leat a bhi air do ghluasad gu *dhol gu Criosd an toiseach tre chreidimh*, a chum gu 'm bi thu air d' aomadh gu h-éifeachdach gu bhi air ball a' deanamh naomhachd annsan tre fhìrinnean an t-soisgeil. Cha 'n e mhàin gu 'n cuir sin fo fhiachan thu ach ni e comasach thu agus neartaichidh e thu gu bhi cleachdadh naomhachd. Faodaidh fìrinnean duine a ghluasad gu dleasdanasan naomha gun a bhi nochdadh ciamar as urrainn comas no neart a bhi againne, a tha a thaobh nàduir marbh anns a' pheacadh, agus fo fhearg Dhé, a chum dleasdanasan mar sin a dheanamh. Is e cuid dhe na fìrinnean sin, ùghdarras Dhé, an lagh-thabhartair, a shùil uile-leursainneach, aoibhneas néimh, dòruinn ifrinn. Tha iad sin a' ceangal na coguis, a' cur éigin air aignidhean dóchais agus eagail ar cridheachan gu bhi deanamh dìchill air a bhi coimhead dleasdanasan naomhachd.

Ach cha 'n e so an dòigh air a bhi beò do Dhia mu bheil an t-abstol a' labhart, an uair a tha e ag radh, "Tha mi beò, gidheadh cha mhise, ach Criosd a tha beò annam, agus a' bheatha a tha mi nise a' caitheamh 's an fheòil tha mi 'g a caitheamh tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràdhaich mi agus a thug e fhéin air mo shon" (Gal. ii. 20). Ma tha

neach a' gabhail ris na fìrinnean sin a chum a ghluasad gu a thighinn gu Criosd air son neart gu bhi beò beatha na naomhachd, tha e a' gluasad mar neach a ghabh ri Criosd mar aon bheatha, tre chreidimh. Ach mur a bheil, tha e a' gluasad mar dhuine ann an staid nàduir. Faodaidh an duine nàdurach a bhi air a ghluasad leis na fìrinnean so araon le solus nàduir agus le solus nan Sgriobturan, gun fìor eòlas a bhi aige air slighe na slàinte tre Chriosd, agus mar nach robh Criosd a riamh air a thighinn do'n t-saoghal. Faodaidh e bhi air a cheangal ri dleasdanas leò, agus fad na h-ùine a bhi air fhàgail aig a neart nàdurach fhéin, no b'fhearr a radh, anmhuinneachd fhéin. Cha 'n urrainn e nì sam bith a dheanamh gu ceart gus a faigh e beatha nuadh agus neart ann an Criosd tre chreidimh teàrnaidh luachmhor. Cha bhiodh feum air beatha nuadh, agus neart tre Chriosd, na 'm bu leòr na fìrinnean ud gus ar toirt gu beatha naomha. Uime sin cha 'n fhearr an cleachdadh ud na bhi a' gluasad a réir na feòla, a réir ar staid thruaillidh, agus a bhi ag iarraidh a bhi air ar deanamh iomlan anns an fheòil. Tha cuid ann a tha smaoineachadh gu'n do bhàsaich agus gu'n d' éirich Criosd a dheanamh cumhnant-gniomh nuadh a chum ar slàinte, a chum *eisimpleir* dheagh

oibribh a thoirt dhuinn le ùmhlachd fhéin, an àite beatha agus umhlachd, agus deagh oibribh a cheannach air ar son. Cha 'n 'eil iad sin a' tuigse no a' gabhail ri fìrinnean an t-soisgeil gu ceart. Air an aobhar sin tha iad 'g an deanamh cho neo-éifeachdach air son naomhachd ri meadhonan nàdurach eile no ri fìrinnean an lagha.

5. Gluais agus neartaich thu féin gu bhi cur an gniomh dleasdanasan naomhachd le bhi gabhail seilbh chinnteach air Iosa Criosd agus air uile shochairean spioradail agus siorruidh trìd-san.

Is e sò an t-slighe gu naomhachd: Cuir uait an toiseach gach smuain as-creidmheachail le bhi cur muinghinn làidir ann an Criosd, agus 'g a do dhaingneachadh anns a' chreidimh gur leat fìreantachd, Spiorad, glòir, uile shochairean spioradail Chriosd—gu bheil esan beò annad agus thusa annsan. *Anns a mhuinghinn sin* theid thu air adhart a thoirt umhlachd do'n lagh, agus bidh tu làidir an aghaidh peacadh agus Shàtain, agus comasach air na h-uile ni a dheanamh tre Chriosd a neartaicheas tu. Tha *a' mhuinghinn chinnteach so* ro-fheumail a chum ar cridheachan a chur ann am fonn ceart a chum a bhi gluasad a réir ar staid nuadh ann an Criosd. Is e so *beatha a' chreidimh.* Tha e soilleir bho'n so gur e tha anns a'

chreidimh làmh, cha 'n e mhàin gu bhi *gabhail* Chriosd, ach mar an ceudna gu bhi *ag obair* air a shon. Mar so tha sinn beò mar mhuinntir a tha os cionn nàduir, air ar togail gu aonadh agus co-chomunn ri Criosd. Bha muinghinn làidir aig an abstol gu'n do ghràdhaich Criosd e agus gu'n d' thug e e fhéin air a shon, agus leis an sin bha e comasach a bhi beò do Dhia ann an naomhachd tre Chriosd a bhi beò ann tre chreidimh. Is e so an dòigh air am bi sinne cuideachd naomh. Feumaidh fios a bhi againn gu bheil ar seann duine air a cheusadh maille ris, agus feumaidh sinn sinn fhìn a mheas marbh do'n pheacadh agus beò do Dhia, tre Iosa Criosd ar Tighearna (Rom. vi. 6, 11). Is e so an dòigh air am bi sinn air ar lionadh leis an Spiorad, làidir anns an Tighearna agus ann an neart a chumhachd—ni nach agradh Dia oirnn mur a biodh e air na meadhonanan a chomharrachadh (Eph. vi. 10).

B' ann mar so a ghluais Iosa e fhéin—dearbhchinnt aige an comhnuidh air a staid òirdhearc. Chuir e an Tighearna an comhnuidh roimhe, do bhrìgh gu'n robh e air a dheas-làimh cha ghluaisist e (Salm xvi. 8) *na 'm biodh fhios na 's fhearr aig criosduidhean air an neart fhéin, dheanadh iad oidhirp air nithean bu mhò chum glòir Dhé.*

Ach cha 'n 'eil e furasd an t-eòlas so fhaotainn—cha 'n fhaighear e ach tre chreidimh agus tre shoillseachadh spioradail. Cha 'n aithne eadhon do'n chuid as fhearr ach ann an cuid. Is e sin as aobhar beatha chreidmheach a bhi cho iosal.

6. Gabh beachd air na buadhan sin 'n a do staid nuadh as iomchuidh agus as cumhachdaiche chum do chridhe a lùbadh agus a neartachadh gu Dia a ghràdhachadh os cionn nan uile, a chum peacadh a thréigsinn, a chum thu féin a thoirt suas ann an ùmhlachd chunnabhalach do àithntean Dhé. Dean dìchioll air a bhi neartachadh 's a' cleachdadh nam buadhan sin. Oir is e a' cheud àithne mhòr, an Tighearna a ghràdhachadh le ar n-uile chridhe, neart, agus anam—nì a tha toirt buaidh ùmhlachd oirnn, le fuath is grainn do'n pheacadh, mar nì a tha an aghaidh Dhé agus ro-ghràineil 'n a shealladh.

A chum na crìch cheudna tha an Sgriobtur ag iarraidh oirnn a bhi cumail buadhan ar staid nuaidh am beò-chleachdadh. "Biodh 'ur co-chomunn ris an Athair agus r' a mhac Iosa Criosd"—tha e ag radh. "Is sibh teampull an Dé bheò." "Tha sibh air 'ur gairm gu naomh-achd, agus air 'ur cruthachadh ann an Iosa Criosd chum deagh oibribh." "Tha sibh marbh agus

tha 'ur beatha falaichte maille ri Criosd ann an Dia." An uair a tha fìrinnean mòra mar sin air an tasgaidh 'n ar cridheachan tha iad 'g ar neartachadh gu bhi toirt gnàth umhlachd agus a' cur an aghaidh gach ana-miann. Oir tha sinn a' faicinn gur e ar sochair a bhi deanamh na h-uile nì tre Chriosd a neartaicheas sinn.

7. Thoir aire mhaith do na buadhan sin as freagarraiche ri gné nan dleasdanasan a chum do mhisneachadh ann an ceum na h-ùmhlachd.

A thaobh dleasdanasan a' cheud chlàir, ma ni thu *aoradh* do Dhia feumaidh tu a dheanamh ann an làn-dearbhachd a' chreidimh a thaobh seilbh a bhi agad air Criosd agus air a shlàinte. Ma 's maith leat a bhi *ag earbsa* as an Tighearna le d' uile chridhe, a' tilgeadh d' uile chùram air, bi cinnteach gu 'm bi Dia cho maith ri a ghealladh, nach fhàg 's nach tréig e thu, nach cum e maith air bith uait, gu'n toir e air gach ni a bhi a' co-oibreachadh a chum do mhaith. Mar so bidh tu làidir agus misneachdail ann a bhi deanamh dleasdanais.

A chum gu'n gràdhaich thu do choimhearsnach mar thu féin agus gu'n dean thu ris mar bu mhaith leat neach a dheanamh riut fhéin, feumaidh tu bhi gluasad ann an spiorad co-cheartais

ri do cho-chreutar, agus, os cionn sin, a chionn gur e so toil d' Athar neamhaidh, a ghin thu 'n a iomhaigh fhéin ann am fìreantachd agus am fìr-naomhachd, agus a thug dhuit a Spiorad a chum gu 'm biodh tu cosmhuil ris anns na h-uile nithean. Feumaidh tu na nithean so a dheanamh a chionn gu bheil iad a réir inntinn Chriosd a tha chòmhnaidh annad, agus thusa annsan—a chionn gu bheil Dia agus Criosd caoimhneil, fad-fhulangach, làn maitheis do dhaoine, eadar mhaith agus olc, agus gu'n d' thainig Criosd do'n t-saoghal, cha 'n ann a sgrios ach a theàrnadh. Dean so, is fios agad nach 'eil e an comas do choimhearsnaich fìor chron a dheanamh ort—gu'n oibrich mì-run do nàimhdean a chum do mhaith tre Chriosd. An uair a tha spiorad mar sin air oibreachadh annainn tre chreidimh tha e 'g ar cur ann am fonn ceart a chum a bhi deanamh gach deagh obair a chum maith ar coimhearsnaich.

Mar an ceudna, bidh 'ur cridheachan air an glanadh a chum gu'n toir sibh gràdh neo-chealgach do na bràithrean ann an Criosd, agus cleachdaidh sibh sibh fhéin dh' an taobh leis gach uile irioslachd, chiùineas, fhad-fhulangas, a' giùlan le chéile ann an gràdh *ma bhios creideamh làn-mhuinghinneach* agaibh gu bheil sibh air 'ur

ceangal riu le cùird gràidh tre Chriosd—nach 'eil ann ach aon chorp agus aon spiorad, aon Tighearna, aon Dia agus Athair nan uile, a tha os cionn nan uile agus annaibh uile.

Agus a rìs bidh tu comasach gach ana-miann feòlmhor a sheachnadh, a tha cogadh an aghaidh an anama, agus a tha bacadh gach uile dhiadhachd *ma tha thu ag altrum dearbh chinnt* cha 'n e mhàin nach 'eil ann an geòcaireachd agus ann am pòiteireachd ach gràinealachd shalach, agus nach 'eil ann an sòlas agus an urraim an t-saoghail ach diomhanas, ach gu bheil thu air do cheusadh do 'n fheòil agus do'n t-saoghal, agus air do bheothachadh agus air do thogail agus air do chur 'n a do shuidhe ann an ionadaibh néamhaidh maille ri Criosd. Agus a thuilleadh air an so dearbh chinnt a bhi agad gu bheil sòlasan agus urram agad ann an Criosd a tha gu neo-chriochnach na's fhearr na na nithean as fhearr as urrainn an saoghal a thoirt—gu bheil thu 'n a do bhall an corp Chriosd, 'n a do theampull do'n Spiorad, agus uime sin gu *bheil e tur an-uasual do fhear d' inbhe* a bhi deanamh oibribh an dorchadais, no d' inntinn a thoirt do nithean na feòla agus an t-saoghail.

8. Ma 's àill leat a bhi fàs ann an gràs agus

anns an uile naomhachd, *biodh earbsa chinnteach agad* gu'n dean Dia comasach thu air a' h-uile ni a tha feumail a chum a ghlòire a dheanamh agus do shlàinte shiorruidh fhéin; agus gu'n gabh e gu gràsmhor ris an umhlachd sin tre Chriosd a tha thu air do dheanamh comasach a bhi toirt a réir tomhais do chreidimh, agus gu'n toir e maitheanas, ged tha thu toirt oilbheum ann an iomadh nì, agus a' tighinn gearr ann an iomadh nì eile. Air an aobhar sin na dean oidhirp air dleasdanas air dhòigh sam bith eile, eadhon ged nach 'eil a' dol agad air cho maith 's as miann leat a dheanamh air an dòigh so. Is e teagasg fheumail a tha an so a chum ar daingneachadh anns a' chreidimh, a chum 's nach gluais ar fàilingidhean lionmhor sinn aon chuid gu eu-dòchas no gu pilleadh ri dòighean feòlmhor a chum a bhi cur an aghaidh ar truaillidheachdan, mar nach biodh an dòigh so, eadhon a bhi beò agus gniomhach tre chreidimh, foghainteach a chum naomhachd agus slàinte. Faodaidh fios a bhi againn ged a tha an lagh ag agart oirnn ùmhlachd choimhlionta gu bheil co-fhaireachdan agus foighidinn ghràsmhor aig Criosd ruinn 'n ar n-anmhuinneachd—tha e giùlan leinn gus am fàs sinn 'n a ghràs, is sinn a' deanamh ùmhlachd cridhe dha.

Cha 'n fhaod sinn a bhi ag iarraidh oirnn fhìn no air daoine eile ach a réir tomhais a' chreidimh agus a' ghràis. Is iomadh tuiteam a gheibh clann a tha ag iarraidh air an casan roimh dhaibh neart fhaotainn. Is ionnan sin a thaobh clann ann an Criosd, an uair a tha iad ag oidhirpeachadh dleasdanasan a tha dol seachad air neart an creidimh. Bu chòir dhuinn a bhi riaraichte le bhi deanamh ar dìchill a réir tomhais tiodhlac Chriosd, ged a tha fhios againn gu bheil feadhainn eile a' deanamh mòran a bharrachd oirnn. Na dean tàir air là na nithean beaga, ach thoir moladh do Dhia gu'n oibrich e annad a' ni a tha taitneach 'n a shealladh, agus gu'n naomhaich e thu gu h-iomlan agus gu'n toir e thu fa dheòidh gu bhi iomlan ann an naomhachd, tre Iosa Criosd ar Tighearna.

XII

Meadhonan Naomhachd

Tha fìor chreideamh beò ann an Criosd 'n a mheadhon éifeachdach tre ghràs Dhé, a chum bhi

gabhail ri Criosd agus uile lànachd a chum ar fìreanachadh, ar naomhachd, ar slàinte shiorruidh. Ach tha meadhonan air an comharrachadh le Dia a chum a bhi gin a' chreidimh agus 'g a chumail suas agus a' meudachadh ann am beò-chleachdadh a chum gu'n ruig e air a chrioch. Tha na meadhonan ri an cleachdadh le dìchioll—ach is ann a mhàin mar mheadhonan—a chum a bhi còmhnadh beatha a' chreidimh, 'n a cheud thòiseachadh agus 'n a fhàs. Feumaidh sinn an aire a thoirt nach cleachd sinn iad ann an aghaidh slighe na naomhachd agus na slàinte tre shaor ghràs, ann an Criosd, tre chreidimh an àite a bhi 'g an cleachdadh a chum na criche sin. Oir tha òrduighean Dhé coltach ri Ceruban na glòire, air an deanamh agus an aghaidhean air cathair na tròcair. Tha iad air an deanamh a chum ar treòrachadh gu Criosd air son slàinte tre chreidimh a mhàin. Tha iomadh neach aineolach air an dòigh cheart so air na meadhonan a chleachdadh ged a tha iad eudmhor agus dìchiollach annta; agus mar sin, cha 'n e mhàin gu bheil iad a' call an saoithir agus beannachd nam meadhonan ach tha iad 'g am fiaradh a chum an sgrios fhéin.

A chum nach tuislich sinn anns a' mhearachd sin:

Naomhachadh

Feumaidh sinn dìchioll a dheanamh a chum *eòlas a bhi againn air Facal Dhé*, agus a chur gu buil a chum gu 'm bì sinn glic a chum slàinte tre chreidimh a tha ann an Iosa Criosd (2 Tim. iii. 15). Mar sin is e ar n-obair mhòr a leithid a dh' eòlas fhaotainn air an Fhacal is a tha feumail a chum ar treòrachadh gu bhi a' gabhail ri Criosd, agus a' gluasad ann tre chreidimh.

Is e an t-eolas as ro-fheumaile a chum ar slàinte gu'n tuig sinn an dà nì so: truaighe ar staid nàduir, agus gur ann a mhàin tre ghràs a tha aon neach air a theàrnadh. Nì an t-eòlas sin ar n-irioslachadh a thaobh na feòla agus ar togail a thaobh Chriosd.

Feumaidh sinn ionnsuchadh eadar-dhealachadh a chur eadar an dà chùmhnant—an lagh agus an soisgeul—gu bheil an lagh 'g ar dùnadh a steach fo chionta agus fo chumhachd a' pheacaidh, agus fo fhearg agus fo mhallachd Dhé. "Is mallaichte gach neach nach buannaich anns a' h-uile ni a tha sgriobhta ann an leabhar an lagha chum an dheanamh." Tha an soisgeul a' fosgladh geatachan na fìreantachd agus na beatha do na h-uile a chreideas air chumhachan gràis: "Creid anns an Tighearna Iosa Criosd agus teàrnar thu"—bidh d' uile pheacaidhean air am maitheadh, agus bidh

naomhachd agus glòir air a thoirt dhuit gu saor tre a Spiorad agus airidheachd-san.

Agus a thuilleadh air a so bu chòir dhuinn fìrinnean sin an t-soisgeil fhoghlum leis am feum sinn gluasad a chum gu ruig sinn air naomhachd ann an Criosd, gu sonruichte mar a tha iad againn anns an vi. agus an vii. caibideil de'n litir a chum nan Romanach, far a bheil fìrinnean cumhachdach a' naomhachaidh air an cur ann an solus soilleir, eadar-dhealaichte bho na riaghailtean leis a bheil sinn ag iarraidh a bhi gluasad a thaobh nàduir.

Feumaidh sinn a rìs ar staid agus ar slighe a *rannsachadh* ann an solus na fìrinn. Feumaidh sinn a bhi 'g ar ceasnachadh fhìn le ro-chùram, air eagal gur ann a chuireas sinn air ais agus a mhilleas sinn beatha a' chreidimh le ar féin-cheasnachadh. Thoir an aire nach cuir thu d' earbsa 'n a d' fhéin-cheasnachadh an àite chur ann an Criosd. Tha mòran a' cur an tìm gu mì-bhuil le bhi a' trom-smaoineachadh air an cridheachan, dh' fheuch a bheil iad maith gu leòr a chum earbsa ri Criosd air son slàinte, no dh' fheuch a bheil creideamh aca, mu 's bì iad cho dàna is creideamh a chleachdadh air Criosd. Ach biodh fhios agad, ged nach fhaigh thu annad fhéin creideamh no naomhachd, ma

chreideas tu a nis air-san a tha fìreanachadh nan daoine neo-dhiadhaidh, bidh e air a mheas dhuit mar fhìreantachd (Rom. iv. 5).

Tha bhi *meaghrachadh* air facal Dhé ro-fheumail a chum a bhi ruighinn air naomhachd tre chreidimh ann an Criosd. Is e sin dleasdanas tre bheil an t-anam ag inilt agus a' beathachadh air an Fhacal mar a bhiadh spioradail, agus tre bheil e air a neartachadh a chum gach deagh obair. Tha ar n-anamaibh air an sàsachadh mar le saill agus smior an uair a tha sinn a' cuimhneachadh Dhé air ar leabaidh ann am fairean na h-oidhche (Salm lxiii. 5, 6). Uime sin is e dleasdanas a tha ann as còir a dheanamh a là is a dh' oidhche. Cha 'n fhaigh sinn làn bhuannachd as an fhacal ged a bhiodh eòlas againn ann mur a bi sinn gu tric a' meaghrachadh air.

Tha bhi meaghrachadh air an fhacal feumail a chum a bhi ceangal air ar coguisean dleasdanasan naomha, agus a chum ar gluasad gu bhi dol gu Criosd tre chreidimh a chum gu 'm bi beatha agus neart againn chum an deanamh. Ach ma tha a' bheatha agus a' neart so gu bhi againn feumaidh sinn a bhi meaghrachadh le creidimh air na sochairean teàrnaidh a tha ann an Criosd, agus air am foillseachadh anns an t-soisgeul. Is e so an

aon teagasg a tha an cumhachd Dhé a chum slàinte, agus leis a bheil an Spiorad a bheothaicheas air a fhrithealadh dhuinn, agus a tha comasach air ar togail suas, agus oighreachd a thoirt dhuinn còmhla riu-san uile a tha air an naomhachadh (Rom. i. 16; 2 Cor. iii. 6; Gniomh. xx. 32).

Tha sacramaid a' *bhaistidh* ro-fheumail a chum a bhi neartachadh beatha a' chreidimh, ma tha feum air a dheanamh dheth a réir a nàduir agus crioch a shuidheachaidh, do bhrìgh gur e seula creidimh a tha ann (Rom. iv. 11).

Is e *feusd* spioradail a tha ann an sàcramaid *Suipeir* an Tighearna a chum ar creideamh a bheathachadh, agus ar neartachadh gu bhi gluasad anns an uile naomhachd, le Criosd a bhi beò agus ag obair annainn, ma 's e 's gu bheil i air a cleachdadh a réir 's mar a dh' fhàg Criosd againn i. Cha 'n e mhàin gu bheil i *cur an cuimhne dhuinn na* beannachdan spioradail leis a bheil sinn air ar beannachadh ann an Criosd, agus ar seilbh annta tre chreidimh, tha i mar an ceudna *'n a meadhon* leis a bheil Dia *dha-rìreadh* a' nochdadh agus a' toirt Chriosd agus a shlàinte do fhìor chreidmhich, agus leis a bheil e a' dùsgadh agus a' neartachadh nan creidmheach gu bhi a' gabhail Chriosd agus a' beathachadh air tre chreidimh cleachdail, air

dhaibh a bhi a' gabhail nan samhlaidhean. An uair a tha Criosd ag radh, "Ithibh, òlaibh, is e so mo chorpsa, is e so m' fhuil-sa" tha e ciallachadh gu bheil e cho cinnteach a sin a' toirt a chuirp agus fhala do fhìor chreidmhich anns an òrdugh, agus gu bheil iad a cheart cho cinnteach 'g a ghabhail tre chreidimh (1 Cor. x. 16). Is e priomh òirdhearcas agus bhuannachd an òrdugh so, gu bheil e cha 'n e mhàin, 'n a dhealbh agus 'na shamhladh air sinn a bhi beò air Criosd a chaidh a cheusadh, ach mar an ceudna, 'n a mheadhon luachmhor tre bheil Criosd, aran agus deoch na beatha, dha-rìreadh air a thoirt dhuinn agus air a ghabhail leinn tre chreidimh.

Is e aon aobhar air son a bheil mòran a' toirt beag spéis do'n òrdugh gu bheil iad gu mearachdach a' smaoimeachadh nach 'eil Dia a' deanamh innte ach a' nochdadh samhlaidhean lomnochd air Criosd agus air a shlàinte, nì a tha iad a' cumail a mach a tha air a dheanamh soilleir gu leòr anns an Sgriobtur, agus mar sin nach 'eil feum aca air na samhlaidhean. Ach na 'n tuigeadh iad gu bheil Dia dha-rìreadh a' toirt Chriosd e fhéin dh' an creidimh anns na samhlaidhean chuireadh iad meas oirre mar fheusd ro-bhlasda, agus ghabhadh iad seilbh oirre air a' h-uile cothrom.

Feumar *ùrnuigh* a chleachdadh mar mheadhon air a bhi beò tre chreidimh ann an Criosd a réir an duine nuaidh. Tha Dia ag iarraidh so (1 Tes. v. 17). Is e ar n-obair mar shagairt (1 Pead. ii. 5). Is e Dia fear-éisdeachd ùrnuigh (Salm lxv. 2). Is e Criosd, eadar-mheadhonar a' choimh-cheangail nuaidh, anns a bheil fìreanachadh agus naomhachadh air an gealltuinn, mar an ceudna an t-eadar-mheadhonar tre bheil Dia ag éisdeachd ri ar n-ùrnuighean. Is e an Spiorad, a tha 'g ar naomhachadh agus a dh' ath-ghin sinn ann an Criosd agus a tha nochdadh dhuinn cuid Chriosd, Spiorad na h-ùrnuigh. Tha daoine nach dean ùrnuigh marbh do Dhia—fineachan 'n an nàdur ged a dh' fhaodas iad a bhi 'n an Criosduidhean a thaobh ainm. Tha *ùrnuigh* air a cur air thoiseach air gach seirbhis eile a nì duine do Dhia. Is i am meadhon mòr tre bheil creideamh 'g a ghluasad fhéin gu bhi deanamh uile oibribh, agus mar sin tha na geallaidhean a tha air an toirt do chreidimh air an toirt do ùrnuigh mar an ceudna (Rom. x. 11-13). Is i an tùis agus an ìobart leis a bheil sinn gun sgur 'g ar toirt fhìn suas—ar cridheachan, ar n-aignidhean, ar beatha—do Dhia (Salm cxli. 2). Tre'n ùrnuigh tha sinn a' cleachdadh gràis agus a' faotainn gràis agus naomhachd.

Is i ar saoibhreas. Tha Israel a' faotainn buaidh an uair a tha Maois a' togail suas a làmhan. Tre ùrnuigh fhuair Hannah neart an uair a bròin. Tha i air a h-ainmeachadh còmhla ris an armachd spioradail, cha 'n ann mar bhall de 'n armachd, ach mar mheadhon leis a bheil sinn a' cur umainn an iomlain, agus a' cleachdadh gach ball a chum gu 'm bì sinn comasach air seasamh 's an droch là (Eph. vi. 18). Is meadhon i air ar cruth-atharrachadh an iomhaigh Chriosd ann an naomhachd, mar a bha Criosd air a chruth-atharrachadh is e ag ùrnuigh (Luc. ix. 29).

Is e meadhon eile air naomhachadh—*a bhi seinn shalm.* Tha Dia ag àithne so anns an Tiomnadh Nuadh (Col. iii. 16; Eph. v. 19). Feumar so a chleachdadh air son an aon chrioch 's a chleachdar meaghrachadh agus ùrnuigh—a chum gu 'm bi creideamh air a bheothachadh, agus a chum aoibhneas a bhi againn anns an Tighearna. Cha bhi sinn a chaoidh ceart gus am bi sinn comasach air a bhi deanamh aoibhneas gu cridheil anns an Tighearna (Seum. v. 13; Eph. v. 19).

Is e meadhon mòr eile *co-chomunn ris na naoimh* (Gniomh. ii. 42). Feumar so a chleachdadh le dìchioll. Cha 'n 'eil neach a tha Dia a' teàrnadh

nach bu chòir a bhi air a dheanamh 'n a bhall dhe 'n Eaglais fhaicsinnich. Tha iadsan a tha creidsinn ann an Criosd deònach agus toileach a bhi 'g an aonadh fhéin ri sluagh an Tighearna. Feumar so a chleachdadh gu ceart, gu bhi ruighinn air naomhachd a mhàin ann an Criosd. Cha 'n fhaod sinn earbsa á sochair comanachaidh mar gu 'm biodh sin 'g ar moladh do Dhia—is e tha a tha ann meadhon a chum ar còmhnadh gu co-chomunn a bhi againn ri Criosd.

Biodh co-chomunn againn ris an eaglais a chum ar cuideachadh gu co-chomunn a bhi againn ri Criosd (1 Eoin i. 3; Sech. viii. 23). Biodh ar co-chomunn ann an dòighean ghlan Chriosd a mhàin, agus iarramaid Criosd tre chreidimh annta, a chum mar sin gu'n gabh agus gu'n cuir sinn an cleachdadh fìor-dhiadhachd agus fìor-naomhachd—gu fàs sinn ann an gràs.

XIII

Oirdhearcas Na Slighe So Gu Naomhachd

Tha mòran air am bacadh bho bhi ag iarraidh diadhachd a chionn nach aithne dhaibh an t-slighe,

airneo gu bheil an t-slighe as aithne dhaibh cho duilich ri fàsach Chanaain a shàruich Israel (Aireamh xvi. 4). Ach tha an t-slighe so cho maith agus cho òirdhearc is nach urrainn iadsan aig a bheil fìor eòlas oirre, agus leis am miann dha-rìreadh a bhi diadhaidh, gràinn a ghabhail oirre. Is e so an t-slighe: Aonadh agus co-chomunn ri Criosd tre chreidimh ann an Criosd, mar a tha sin air fhoillseachadh anns an t-soisgeul—cha 'n ann tre lagh, no tre staid nàduir, no le dùil a bhi gu faigh neach e roimh dha teachd gu Criosd a chum Criosd a chosnadh air an dòigh sin. Feumaidh sinn an toiseach gabhail ri Criosd agus r' a shlàinte tre chreidimh, agus an sin gluasad tre chreidimh a réir an duine nuaidh, agus gach meadhon naomhachd a chleachdadh a chum na crìche sin.

A nis tha nì no dhà a' deanamh soilleir gur e slighe òirdhearc a tha 'n so:

1. Tha buaidh irioslachaidh na feòla leatha, agus àirdeachadh Dhé 'n a ghràs agus 'n a chumhachd tre Iosa Criosd. Tha i mar sin ro-fhreagarrach a chum ar treòrachadh gu bhi naomhachadh agus a' glòireachadh ainm Dhé anns na h-uile ni. Tha Pòl a dearbhadh teagasg an fhìreanachaidh agus an naomhachaidh tre ghràs agus tre chreidimh a

bhi bho Dhia do bhrìgh gu bheil e a' dùnadh a mach uaill a' chreutair. Tha an t-slighe so a' nochdadh gu bheil gach obair mhaith a nì sinn agus a bhi beò do Dhia, cha 'n ann le ar neart fhìn, ach le cumhachd Chriosd a tha beò annainn tre chreidimh. Tha sinn ag oibreachadh mar mhuinntir a tha *ann an Criosd*, mar a tha e fhéin anns an Athair, agus ag obair ann.

2. Tha an t-slighe so ann an co-chòrdadh ri teagasgan eile an t-soisgeil. Tha e ann an làn cho-chòrdadh ri teagasg ar n-aonadh diamhair ri Criosd—teagasg a tha cho soilleir anns an t-soisgeul. Cha 'n urrainn na buill a bhi beò gun a bha air an aonadh ris a' cheann, no na geugan gun a bhi ann an aonadh ris an fhionan.

3. Is i so an aon slighe a tha deanamh naomhachd cinnteach dhuinn. Is diomhain a bhi ag iarraidh naomhachd air slighe sam bith eile. Cha 'n urrainn sinn naomhachd oibreachadh annainn fhìn (Rom. v. 6). Cha 'n 'eil ann a bhi ag iarraidh beatha ghlan as aonais nàdur glan ach a bhi togail air a' ghainnimh. Is ann air an dòigh so a mhàin a tha nàdur nuadh agus diadhaidh againn, a tha gu cinnteach 'g ar giùlan air adhart gu naomhachd le beatha agus le gràdh, agus mar sin tha sinn a' deanamh seirbhis do Dhia gu

taitneach. Ann an so tha bunait chinnteach againn air an tog sinn diadhachd agus gràdh do Dhia le ar n-uile chridhe agus neart agus anam, agus peacadh air a chlaoidh 's an taobh a stigh.

4. Is e sligh thaitneach a tha an so dhaibhsan a tha innte.

Oir is e slighe *réidh* a tha ann. Cha 'n urrainn anam a tha air a shoillseachadh agus dha-rìreadh air irioslachadh smaoineachadh air slighe sam bith eile.

Is e slighe *fhurasd* a tha ann. Tha i furasd dhaibhsan a tha gluasad anns an Spiorad, ged nach 'eil i furasd faotainn innte. Ann an so tha againn *naomhachd mar shaor thiodhlac*, air a gabhail tre chreidimh, mar ghniomh inntinn agus anam. Faodaidh gach neach leis an àill a thighinn agus a gabhail gu saor—cha 'n 'eil air iarraidh ach inntinn thoileach (Eoin vii. 37; Isa. lv. 1). Tha an lagh air a dheanamh dhuinn 'n a gheallaidhean. Tha na h-uile ni againn ann an Criosd.

Is e *slighe sìthe* a tha an so, saor bho eagal agus uamhas coguis mar a tha tachart riu-san a tha ag iarraidh slàinte tre oibribh. Tha teagamhan ag éirigh bho chumhachan oibribh a tha sinn a' cur eadar sinn fhìn agus Criosd. Ach 's an t-slighe so tha sinn a' gluasad tre chreidimh, a tha tilgeadh a

mach eagalan agus teagamhan, is creideamh a' deanamh gréim air gràs agus tròcair agus cumhachd neo-chriochnach a chum ar gleidheadh gu sàbhailt.

Tha an t-slighe so air a *h-oibreachadh le gràdh*, mar a bha carbad Sholaimh (Dàn. iii. 10). Feumaidh sinn tiodhlacan caoimhneas-gràidh Dhé a chumail fa chomhair ar sùilean—bàs, as-eirigh, eadar-ghuidhe Chriosd—tiodhlacan a tha ag oibreachadh sìth, aoibhneas, dòchas, gràdh. Ma tha sinn a' cumail sùil a' chreidimh air tiodhlacan a ghràidh tha ar slighe air a deanamh maiseach le blàthan, agus tha measan a' fàs air gach taobh, air chor 's gur ann a tha e coltach ri Eden 's cha 'n ann ri fàsach Shinai.

Is e slighe *aoibhneach* agus *àrd* a tha so. So an t-slighe air an do shiubhail Habacuc, is e air fhàgail lom falamh 's an fhreasdal: "Gidheadh ni mise gàirdeachas anns an Tighearna, ni mi aoibhneas ann an Dia mo shlàinte. Is e an Tighearna Iehobhah mo neart, agus ni e mo chasaibh mar chasaibh éilde, agus bheir e orm coiseachd air m' ionadaibh àirde" (Hab. iii. 18, 19).

PRINTED BY
OLIVER AND BOYD
EDINBURGH

S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xlvi. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uilc a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

NUAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Righ agus ar tir ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tir' is teach', cha'n'eil criochan aig dànachd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sín e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Righ, agus cha'n'eil an coimeas an arm tir air bith. Bu choir "Tir nam beann 's nan gleann," bhi na "Tir nan gaisgeach." . . .

'S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chriosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhi crith ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chriosduidh teàruinnt agus tha 'bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuaidh, agus bithidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas siorruidh air an cìnn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar."

Dr Ceanaideach

bha'n Inbhir pheofharan.